

COGAIDHEAN SAORSA NA H-ALBA



RAIBEART BRUS AGUS EANRAIG DE BOHUN AIG BLÀR ALLT A' BHONNAICH

**... CHAN ANN AIRSON GLÒIR, BEAIRTEAS NO URRAM A THA SINN A' SABRID,
ACH AIRSON SAORSA A-MHÀIN,
RIS NACH DEALAICH DUINE MATH SAM BITH ACH LE BHEATHA.**

COGAIDHEAN SAORSA NA H-ALBA

ALASDAIR III

Ann an 1263 bha a' mhòr-chuid den dùthaich ris an can sinn Alba an-diugh fo riaghladh aon duine – Rìgh na h-Alba, Alasdair III.

Ann an a' bhliadhna sin thug an armailt aig Alasdair III buaidh air na Lochlannaich aig Blàr na Leargaidh Ghallda.

Trì bliadhna às dèidh seo dh'aontaich na Lochlannaich na h-Eileanan Siar (Innse Gall) a thoirt air ais do Rìgh na h-Alba, an uair a phòs Rìgh Nirribhidh an nighean aig Alasdair III. Leis an aonta a bha an cois a' phòsaidh seo, cha robh na Lochlannaich tuilleadh nan adhbhar eagail do dh'Alba.

'S e rìgh math a bh' ann an Alasdair III, agus rìgh dòigheil, glic. Bha smachd mhath aige air an t-sluagh, ach cha robh e idir trom orra. Fon riaghladh aigesan bha sìth ann an Alba, agus bha na daoine toilichte. Bha malairt (reic agus ceannach) a' fàs agus cha robh cogadh no sabaid a' milleadh na bha na tuathanaich a' fàs a-muigh air an dùthaich, no malairt agus togalaichean anns na bailtean.



DÈAN SEO:

- Thoir thugad duilleag ùr agus sgrìobh an tiotal seo oirre:

Cogaidhean Saorsa na h-Alba


- Sgrìobh paragraf goirid, nad fhaclan fhèin, a' mineachadh carson a bha daoine a' smaoinichadh gur e rìgh glic agus rìgh math a bh' ann an Alasdair III.

A' TUIGSINN CHRAOBHAN-TEAGHLAICH


Mus tòisich sinn air rannsachadh dè thachair an dèidh bàs Alasdair III, feumaidh sinn beagan tuigse fhaighinn air craobhan-teaghlaich agus air an dòigh anns a bheil teaghlaichean càirdeach.

Tha craobhan-teaghlaich a' sealltainn, ann an cumadh diagram, mar a bhuineas teaghlaichean dha chèile. Tha iad glè fheumail do luchd-eachdraidh ann a bhith a' tuigsinn na thachair anns na bliadhnanachan a chaidh seachad.

Nan robh sinn a' dol a dhèanamh craobh-teaghlaich de Sheumas, a bhràthair (a tha nas sine na Seumas), a phiuthar (a tha nas òige na Seumas) agus a phàrantan, seo an coltas a bhiodh oirre:



Tha craobhan-teaghlaich a' fàs nas doirbhe an leantainn mar as motha a tha de dhaoine gan cur orra. Ma chuireas sinn seanairean is seanmhairean Sheumais ris a' chraoibh, agus piuthar a mhàthar, agus bràthair athar, seo an coltas a bhios oirre a-nis:



BUILLE CHRUAIDH DO RÌOGHACHD NA H-ALBA

Ann an 1284 fhuair Alasdair III buille ghoirt. Chaochail an aon nighean a bh' aige, Mairead Banrigh Nirribhidh, goirid an dèidh nighean bheag a bhith aice ris an canadh daoine Mairead, Maighdeann Nirribhidh.

Chaochail an dithis mhac aig Alasdair III roimhe fhèin. An uair a chaochail am fear mu dheireadh dhiubh, Alasdair, ann an 1284, choinnich na h-uaislean a bu treise ann an Alba agus dh'aontaich iad, mura pòsadh Alasdair III a-rithist agus mura biodh mac eile aige, gur i Mairead, Maighdeann Nirribhidh, a gheibheadh an crùn às a dhèidh. B' i Mairead ogha an rìgh.

Ann an 1285 phòs Alasdair III bean-uasal òg às an Fhraing, Yolande de Dreux. Bha a h-uile duine san dùthaich an dòchas gum biodh mic eile aig an rìgh a-nis.

Ach, gu mì-fhortanach, cha do mhair an dòchas sin fada. Chaidh Alasdair III a mharbhadh ann an tubaist dhuilich ann an Kinghorn ann am Fìobha ann an 1286. Bha e a' dol dhachaigh air each anmoch air oidhche dhorcha agus thuit e thairis air grìoba.



DÈAN SEO:

1. Dè a' bhuille ghoirt a dh'fhuiling Alasdair III ann an 1284?
2. Dè bha air tachairt don dithis mhac aig Alasdair III?
3. Carson a bha Alba toilichte ann an 1285?
4. Carson a bhiodh daoine ann an Alba brònach nuair a chaidh Alasdair III a mharbhadh?

CRAOBH-TEAGHLAICH I


[Teaghlach rìoghail na h-Alba agus an càirdeas ri teaghlach rìoghail Shasainn]

CÒ GHEIBH AN CRÙN ÀS DÈIDH ALASDAIR III?

An dèidh bàs Alasdair III dh'fheumadh iad cuideigin eile a lorg gus Alba a riaghladh.

Chì thu sa chraobh-theaghlaich seo mar a bha riaghladairean ùra air an taghadh.

Beachdaich gu cùramach air a' chraobh.



Iuchair: 1249 - 1286 = an ùine air a' chrùn

ch. = chaochail
r. = rugadh
P = pòsta aig...

Clò-trom = Teaghlach rìoghail Shasainn

Sgrìobh na ceistean seo nad leabhar agus freagair iad ann an seantansan:

1. a) An uair a bhàsaich Daibhidh I, cò a lean e mar rìgh?
b) Dè an càirdeas a bh' aige do Dhaibhidh?
2. Carson a lean Uilleam an Leòmhann Calum IV mar rìgh?
3. Carson nach robh nighean Alasdair III na banrigh às a dhèidh?
4. Cò a b' fhaisge ann an càirdeas do dh'Alasdair III an uair a chaochail e ann an 1286?
5. Dè an càirdeas a bh' aig an neach seo do dh'Alasdair III?
6. Dè an aois a bha an neach seo an uair a chaochail Alasdair III?

DLEASTANASAN AN RÌGH

Bha obair mhòr, agus obair nach robh furasta, aig rìgh ri dhèanamh anns na meadhan-aoisean. Bha aige ri smachd a chumail air uaislean na dùthcha gus nach biodh iad a' sabaid am measg a chèile. Dh'fheumadh e a bhith air ceann na h-armailt aige a' dol a-steach do bhatail nam biodh cogadh ann. Bha aige ri dèanamh cinnteach gun robh sluagh na dùthcha a' cumail ris an lagh agus bhiodh e a' siubhal na dùthcha na bhritheamh air gnothaichean cudromach a bha a' buntainn ris an lagh. Dh'fheumadh e dèanamh cinnteach gun robh na cìsean agus na màil a bha an Crùn a' faighinn air an togail gu dòigheil. A bharrachd air sin bhiodh aige ri dèiligeadh ri rìghrean dhùthchannan eile gu math tric.

Nam biodh rìgh lag na dhòighean no ann an droch shlàinte is dòcha gun tòisichadh na h-uaislean a bu treise air feuchainn ri làmh fhaighinn air a' Chrùn. Nan tachradh sin bhiodh cogadh catharra ann – sluagh na h-Alba a' sabaid an aghaidh a chèile – agus dhèanadh sin milleadh mòr air an dùthaich.



DÈAN SEO:

1. Dè na cunnartan a dh'fhaodadh Alba a bhith ann nam biodh nighean bheag mar bhanrigh air an dùthaich?
2. Cò dh'fhaodadh banrigh òg mar sin a chuideachadh?

BÀS ALASDAIR III

Chaidh a' bhàrdachd seo a dhèanamh anns an treas linn deug. Dè tha am bàrd ag innse dhuinn?

Quhen Alexander our king was dede
That Scotland led in luve and lè,
Away was sons of ale and brede,
Of wine and wax, of gamyn and glè;
Our gold was changit into lede.
Christ, born into virginitè,
Succour Scotland and remede,
That stad is in perplexitè.

*Nuair a chaochail ar Rìgh Alasdair,
a bha air Alba a riaghladh le gaol
agus le lagh, thàinig crìoch air
stòras de leann is aran, fion
is coinnlean, spòrs is toileachas.
Thionndaidh an t-òr againn na luaidhe.
A Chrìosda, a rug an òigh dhuinn,
cuidich Alba agus dèan cobhair oirre –
tha an dùthaich ann an cunnart mòr.*



DÈAN SEO:

1. Ciamar a bha Alba ann an cunnart mòr?

UAISLEAN NA H-ALBA AGUS EIDEARD, RÌGH SHASAINN

STÒR A

Bha uallach air mòran ann an Alba gun tòisichadh cogadh catharra a-nis. Bha na Brusaich, mu thràth, ag ràdh gun robh còir acasan air a' Chrùn. Thagh na h-uaislean sianar airson a bhith nan urrasairean air Alba, a' coimhead às dèidh na dùthcha. Chaidh iad gu Eideard I, Rìgh Shasainn, airson cohairle air mar a chumadh iad sìth ann an Alba.

Is e rìgh cumhachdach a bha ann an Eideard. Bha e na rìgh air Sasainn, a' Chuimrigh, Èirinn agus mòran den dùthaich ris an can sinn an Fhraing an-diugh. Bha e ainmeil airson a bhith a' toirt dhaoine gu aonta ann an deasbadaidh lagha. B' e Eideard, cuideachd, bràthair-seanmhar Maireid – phòs a phiuthar Alasdair III – agus bha e fhèin agus Alasdair III air a bhith riamh càirdeil ri chèile.



**Eideard I, Rìgh Shasainn
(1272-1307)**

STÒR B

Thàinig Urrasairean na h-Alba agus Eideard gu aonta ri athair Maireid mu cuin a thigeadh i a dh'Alba. Dh'aontaich iad gun tigeadh i ann an 1290 fhad 's a bhiodh sìth anns an dùthaich. Bha Eideard cuideachd a' cur ghnòthaichean air dòigh airson gum pòsadh a mhac fhèin, Prionnsa na Cuimrigh, agus Mairead. Nan tachradh sin bhiodh sìth a mhaireadh eadar Alba agus Sasainn. Bha uaislean na h-Alba toilichte gum pòsadh Mairead agus mac Rìgh Shasainn. Chuir na h-Urrasairean agus Eideard an ainm ri Cùmhnant Bhirgham ann an 1290, ag aontachadh ris a' phòsadh. Bha an cùmhnant cuideachd ag ràdh gum biodh Alba agus Sasainn fhathast nan dà rìoghachd air leth agus neo-eisimeil, co-dhiù a rachadh gu math leis a' phòsadh seo no nach rachadh.

☆ DÉAN SEO:

1. Leugh Stòran **A** agus **B** agus sgrìobh an tìotal seo nad leabhar:
"Uaislean na h-Alba agus Eideard, Rìgh Shasainn."
2. Sgrìobh, air a' char as lugha, 3 adhbhair a bh' aig Urrasairean na h-Alba airson cohairle iarraidh air Eideard I.
3. Carson a bha uaislean na h-Alba air an dòigh le Cùmhnant Bhirgham?
4. Carson a dh'fhaodadh Eideard I a bhith toilichte leis a' chùmhnant seo?

GRAOBH-TEAGHLAICH 2

[CÀIRDEAN NA MAIGHDINN - TEAGHLACH RÌOGHAIL NA H-ALBA]


CÒ GHEIBH AN CRÙN?

Tha craobh-teaghlaich Alasdair III a' sealltainn mar a bha rìghrean ùra air an taghadh.

Beachdaich gu cùramach air a' chraoibh.

Iuchair:

ch. = chaochail
r. = rugadh
P = pòsta aig...



★ DÈAN SEO:

Sgrìobh na seantansan seo agus cuir crìoch orra le bhith a' taghadh nam faclan cearta:

1. Bha Maighdeann Nirribhidh agus Daibhidh, Iarla Huntingdon den teaghlach aig _____
(Daibhidh I; Calum IV)
2. Nuair a chaochail a' Mhaighdeann b' iad _____ agus _____
an dithis a b' fhaisge ann an càirdeas dhi a bha fhathast beò. (Alasdair III; Calum IV; Iain Balliol;
Raibeart Brus)

MAIGHDEANN NIRIBHIDH

Gun teagamh sam bith bha Maighdeann Nirribhidh ro òg airson a bhith na banrigh air Alba. An àite sin, is ann a bha Alba gu bhith air a riaghladh le comhairle de shianar a thagh na h-uaislean mar urrasairean, gus am biodh a' Mhaighdeann aosta gu leòr airson a crùnadh. 'S e feadhainn de na h-easbaigean agus de na barain a bu chumhachdaiche ann an Alba a bh'anns na h-urrasairean. Bha càirdeas fad' às aig cuid dhiubh don Mhaighdinn.

Ann an 1290 chaidh aontachadh gun tigeadh Maighdeann Nirribhidh a dh'Alba. Bhathar ga faighinn deiseil airson mac Eideird I, Rìgh Shasainn, a phòsadh. Bha Eideard I ag iarraidh a' phòsaidh seo oir bha e den bheachd gun toireadh seo smachd dha air Alba. Thigeadh an latha, bha e an dùil, a bhiodh a mhac agus a' chlann aige a' riaghladh Alba agus Shasainn gu lèir.

Air an turas a-nall à Nirribhidh, ann an 1290, dh'fhàs a' Mhaighdeann tinn agus chaochail i ann an Arcaibh. Bha Alba a-nis ann an trioblaid. An dèidh bàs na Maighdinn, cha robh fios cò a gheibheadh crùn na h-Alba. Mar sin, b' fheudar dhaibh coimhead air craobh-teaghlaich na Maighdinn gu mionaideach feuch an lorgadh iad oighre ùr. Dh'fheumadh iad faighinn a-mach cò bu chàirdiche dhi. Chunnaic iad gur e cuideigin den teaghlach aig Daibhidh, Iarla Huntingdon, a gheibheadh an crùn a-nis.



DÈAN SEO:

Coimhead air **Craobh-teaghlaich 2**

Sgrìobh na seantansan seo nad leabhar, **a' fàgail às** na pìosan nach eil ceart:

1. An uair a chaochail a' Mhaighdeann bha i **3/7** bliadhna a dh'aois agus **bha/cha robh** clann aice.
2. A chionn 's gun do bhàsaich a' Mhaighdeann **dh'fhaodadh/chan fhaodadh** plana Eideird airson smachd fhaighinn air Alba a dhol air adhart.
3. An dèidh bàs na Maighdinn b' e cuideigin den teaghlach aig **Calum IV/Daibhidh, Iarla Huntingdon**, a bhiodh na oighre air crùn na h-Alba.

RÌGH EIDEARD "A' CUIDEACHADH" ALBA

SGRÌOBH AN TÌOTAL GU H-ÀRD NAD LEABHAR AGUS LEUGH STÒR A AGUS STÒR B:

STÒR A

Bha uaislean na h-Alba air cruinneachadh ann am Peairt airson coinneachadh ri Mairead, ach an àite coinneachadh rithe is ann a chuala iad gun robh i air caochladh.

Thòisich deasbad mòr an uair sin mu cò bu chòir a bhith na rìgh air Alba. Bha trì uaislean deug ag iarraidh a' Chrùin agus gach fear ag ràdh gur esan an t-oighre ceart. Bha cuid dhiubh sin air tòiseachadh air luchd-taic a chruinneachadh. Bha Alba a-nis ann an cunnart.

Sgrìobh an t-Easbaig Frisealach ann an Cill Rìmhinn, às leth Urrasairean na h-Alba, gu Eideard I a' faighneachd an tigeadh e a dh'Alba airson an cuideachadh le bhith a' taghadh an ath rìgh. Bha iad airson a bhith cinnteach gun toireadh iad an deasbad mòr seo gu co-dhùnadh ceart.

STÒR B

Dh'aontaich Eideard gun cuidicheadh e anns an deasbad. Gun fhios do na h-Albannaich, bha a bheachdan fhèin aig Eideard mun deasbad a thoirt gu co-dhùnadh. Thug e cuireadh do na h-Albannaich a choinneachadh ann an Caisteal Norham ann an ceann a tuath Shasainn anns a' Chèitean 1291. Aig an aon àm chuir e bàtaichean gu tuath le òrdan suidhe air acair faisg air cladaichean na h-Alba agus chuir e air dòigh gun tigeadh an armailt aige gu Norham an uair a bhiodh uaislean na h-Alba ann.

An uair a ràinig na h-Albannaich Norham thuirt Eideard riutha gum feumadh iad gabhail ris-san mar Cheannard na h-Alba mus biodh e deònach a bhith na bhritheamh air an deasbad a bha aca mun Chrùn. Thug e dhaibh trì seachdainean airson freagairt a thoirt dha. Fad nan trì seachdainean sin bha Eideard a' toirt a chreidsinn air na h-uaislean a bha ag iarraidh a' Chrùin gum bu chòir dhaibh gabhail ris mar Cheannard agus, cuideachd, gum bu chòir dhaibh caistealan na h-Alba a thoirt dha agus gun toireadh esan an uair sin iad don fhear a bhiodh air a thaghadh mar rìgh.

Den trì duine deug a bha ag iarraidh a' Chrùin cha robh còir làidir air a' chrùn ach aig dithis – Raibeart Brus agus Iain Balliol.



DÈAN SEO:

1. Cia mhead duine-ualas a bha ag ràdh gun robh còir aige air a' Chrùn?
2. Carson a bha e cunnartach do dh'Alba gun robh iad seo uile a' strì airson a' Chrùin?
3. Ciamar a dh'fheuch Easbaig Chill Rìmhinn ris an t-suidheachadh a chuideachadh?
4. Dè thuirt Eideard a dh'fheumadh tachairt mus biodh e na bhritheamh air an deasbad mun Chrùn?
5. Cò an dithis dhaoine-uaisle aig an robh barrachd còir air a' Chrùn na càch?

CIAMAR A BHA ALBA "NA RÌOGHACHD GUN RÌGH"?

Bha grunn de dh'uaislean cumhachdach ann an Alba a dh'fhaodadh tagradh a dhèanamh airson a' chrùin. Bha Iain Balliol, Tighearna Ghall-Ghàidhealaibh air fear dhiubh sin. Bha oighreachdan aigesan ann an Alba, anns an Fhraing agus ann an Sasainn. B' e fear eile Raibeart Brus, Tighearna Shrath-anainn. Bha armailtean is caistealan aig na daoine seo dhaibh fhèin air feadh na dùthcha.

An uair a chuala iad fathann gun do chaochail Mairead thòisich iad air na saighdearan aca a

chruinneachadh. Bha, a-nis, cunnart mòr ann gun tòisichadh cogadh eadar Balliol agus Brus ann an Alba. Anns an Dàmhair 1290 sgrìobh Uilleam Friseal, Easbaig Chill Rìmhinn, gu Rìgh Shasainn ag iarraidh cuideachadh air gus an t-sith a chumail ann an Alba. Dh'iarr e, a bharrachd air sin, cuideachadh le bhith a' taghadh an duine a bu chòir a bhith na rìgh ùr air Alba.

'S e rìgh cumhachdach a bh' ann an Eideard, le fearann anns an Fhraing agus an Èirinn, a thuilleadh air na bh' aige ann

an Sasainn. Bha e air smachd fhaighinn air a' Chuimrigh ann an 1284; agus bu thoigh leis a-nis smachd fhaighinn air Alba cuideachd. Ann an 1291, le armailt làidir, rinn Eideard air Caisteal Bhearaig aig crìochan na h-Alba. Dh'aontaich e an rìgh ùr a thaghadh. Chaidh cùirt shònraichte a chur air chois gus èisteachd ris na trì uaislean deug (na tagraichean) a bha a' tagradh airson crùn na h-Alba.

Don Tighearna ro uasal agus ro urramach Eideard, tro ghràs Dhè Rìgh Shasainn, on mhinistear-teaghlach dileas aige, Uilleam, Ministear iriosal Eaglais an Naoimh Anndra ann an Alba. Tha fathann brònach air a dhol air feadh an t-sluaigh gun do chaochail ar Baintighearna Mairead Nirribhidh, agus air sgàth sin tha Rìoghachd na h-Alba agus a' choimhearsnachd uile air an sàrachadh agus fo bhròn mòr. An uair a chuala an Ridire Raibeart de Brus am fathann seo, thàinig e gu Peairt le armailt mhòir, ach dè tha dùil aige a dhèanamh chan eil fhios againn fhathast. Tha Iarla Mhàrr agus Iarla Athail a' togail an armailtean mar-thà. Tha an t-eagal air daoine gum bi cogadh mòr ann agus gum bi mòran dhaoine air am murt. Chuala mi, an dèidh làimhe, gun d' fhuair ar Baintighearna Mairead seachad air an tinneas aice ach gu bheil i gu math lag fhathast. Chaidh ridirean a chur a dh'Arcaibh gus naidheachd cheart fhaighinn. Mas e 's gun do chaochail ar Baintighearna (tha sinn a' guidhe nach ann mar sin a tha) bu mhath leinn gun tigeadh sibh fhèin leis an armailt agaibh chun nan crìochan, gus casg a chur air dòrtadh-fala agus gus rìgh a chur os ar cionn – agus sin an duine aig a bheil còir air a' chrùn, fhad 's a nì e mar a bhios sibh fhèin a' comhairleachadh. Ma thig an Ridire Iain Balliol nur làthair, tha sinn a' moladh dhuibh còrdadh a dhèanamh ris, gus an lean urram agus cothrom ribh fhèin. Tha sinn a' guidhe dhuibh, a Thighearna ro-urramaich, saoghal fada, slàinte, saidhbheas agus sonas. Sgrìobhte ann an Leuchars Disathairne, an latha às dèidh Latha na Ban-naoimh Fè, an òighe, ann am bliadhna ar Tighearna 1290.

STÒR A:

Litir a sgrìobh Uilleam Friseal, Easbaig Chill Rìmhinn gu Eideard I, Rìgh Shasainn, an 7mh den Dàmhair, 1290.

SGILEAN RANNSACHAIDH

- Leugh Stòr A
- Freagair na ceistean gu h-ìosal ann an seantansan slàna:

1. Ciamar a tha fios againn gun robh am fear a sgrìobh an litir seo beò aig an àm a bha na rudan a dh'ainmich e a' tachairt?
2. An e bun-stòr no stòr leasaichte a th' anns an litir?
Thoir adhbhar airson do bheachd.
3. Dè an obair a bh' aig an fhear a sgrìobh an litir?
4. Dè tha an litir ag innse dhuinn mu dheidhinn:
 - (a) Maighdeann Nirribhidh?
 - (b) An t-eagal a bh' air an sgrìobhadair mu na dh'fhaodadh tachairt ann an Alba
5. Cò, ann am beachd an sgrìobhadair, am fear a bu chòir a bhith na rìgh?



OBAIR-LEUDACHAIDH:

Nam biodh tu nad neach-eachdraidh a' rannsachadh trioblaidean na h-Alba ann an 1290, saoil am biodh Stòr A feumail dhut?

Sgrìobh do fhreagairt ann am paragraf goirid agus thoir adhbhair airson do fhreagairt.

CÒ BH' ANN AN TOOM TABARD?

Aig Caisteal Norham, bha Eideard ag iarraidh gun gabhadh rìgh ùr na h-Alba ris fhèin mar Cheannard na h-Alba. Chaidh a' mhòr-chuid de na 13 tagraichean fo bhòidean gum biodh iad dìleas do dh'Eideard. Thug iad dha cuideachd na caistealan rìoghail ann an Alba gus gum faodadh e an toirt seachad don rìgh ùr an uair a bhiodh e air a thaghadh. Bha e soilleir gur e rìgh gun chumhachd a bha Eideard ag iarraidh a bhith air Alba – fear a ghabhadh ris fhèin mar a mhaighstir.

Anns an t-Samhain 1292 chaidh Iain Balliol a thaghadh mar Rìgh na h-Alba. Bha aige ri dhol fo bhòidean a bhith dìleas do dh'Eideard agus fad an dà bhliadhna an dèidh sin bha Eideard a' gabhail gnothaich ri cùisean Albannach. Bha uaislean na h-Alba a' sìor fhàs feargach agus iad ag iarraidh gun seasadh Rìgh Iain na aghaidh airson còraichean Alba a dhìon. An uair sin, ann an 1294, dh'òrdaich Eideard saighdearan a chur thuige-san à Alba airson sabaid air a shon anns an Fhraing. An àite sin 's ann a rinn Rìgh Iain cùmhnant ris na Frangaich an ath bhliadhna a-rithist. Chuir e bhuaithe cuideachd a bhòidean-dilseachd do dh'Eideard.

Bha an cuthach dearg air Eideard agus thug e ionnsaigh air Alba ann an 1296. Chreach e Bearaig, baile beairteach, agus mharbh e fiù 's 30 de mharsantan à dùthchannan eile a bha ri malairt an sin. Chuir e às do dh'armailt Rìgh Iain aig Blàr Dhùn Bàrr agus cha b' fhada gus an d' fhuair e smachd air na caistealan rìoghail bu chudromaiche. Ghèill Iain do dh'Eideard agus chaidh a thoirt gu Caisteal Mhonadh Rois far an deach a mhaslachadh. Chaidh na suaicheantais rìoghail aige a thoirt bhuaithe agus thugadh e gu Tùr Lunnainn na phrìosanach. Bha cuimhne air Rìgh Iain ann an Alba mar 'Toom Tabard' (An Còta Falamh).



DÈAN SEO:

1. Ciamar a rinn Eideard cinnteach gum biodh smachd aige air an ath rìgh a bhiodh air Alba?
2. Carson, nad bheachd-sa, a dh'aontaich na tagraichean a dhol fo bhòidean gum biodh iad dìleas do dh'Eideard?
3. Saoil carson a thagh Eideard Iain Balliol airson a bhith na rìgh air Alba?
4. Dè thug air na h-Albannaich cur an aghaidh Eideard ann an 1294 agus saoil carson a bha iad cho feargach mu dheidhinn seo?
5. (a) Dè thachair aig Caisteal Mhonadh Rois ann an 1296?
(b) Dè bha seo a' dearbhadh?
(c) Dè bha far-ainm Rìgh Iain a' ciallachadh?

TOOM TABARD



Iain Balliol

STÒR A:

Thugadh Rìgh Iain à Obar Dheathain chun a' chaisteil ann am Monadh Rois. An uair a thàinig Rìgh Shasainn an sin, chaidh na suaicheantais rìoghail aig Rìgh Iain a thoirt bhuithe. Chaidh slat gheal a chur na làimh agus thug e seachad do dh'Eideard gach còir a bh' aige air rìoghachd na h-Alba. (à seanchas Albannach)

STÒR B:

Chaidh am far-ainm "Toom Tabard" a thoirt air Rìgh Iain air sgàth a' mhaslachaidh a chaidh a dhèanamh air ann an Caisteal Mhonadh Rois anns an Iuchar 1296. Chaidh an "tabard" aige (a chòta) agus a churrac agus a chrìos a thoirt dheth. Bha masladh den t-seòrsa seo ga dhèanamh mar bu trice air ridire a bha ciontach de cheannairc an aghaidh na rìoghachd, 's chan ann air an rìgh fhèin. (À leabhar-eachdraidh on latha an-diugh)



Rìgh Eideard

★ DÈAN SEO:

1. Leugh Stòr A agus Stòr B.
2. Dè rinn Rìgh Eideard air Rìgh Iain ann am Monadh Rois?
3. Cò na daoine, mar bu trice, air am biodh masladh mar seo air a dhèanamh?
4. Dè bha Eideard a' feuchainn ri shealltainn leis an dol-a-mach seo?



OBAIR-LEUDACHAIDH:

Turas Eideird a dh'Alba: Iain Balliol air a mhaslachadh.

Bha cuid de dh'uaislean na h-Alba toilichte gun robh Balliol agus Eideard a-nis a' cogadh an aghaidh a chèile. Ghabh iad sin taobh Eideird agus bha **Raibeart Brus** agus a luchd-taice nan lùib.

Air an 30mh den Mhàrt 1296 fhuair armailt Eideird smachd air Bearaig, baile cudromach Albannach aig an àm sin, agus mhurt iad a h-uile duine a bha a' fuireach ann.

Air an 27mh den Ghiblean rinn armailt Eideird, agus cuid de theaghlachan uasal na h-Alba gan cuideachadh, an gnothach air armailt Bhalliol faisg air Dùn Bàrra. Air an 10mh den Iuchar b' fheudar do Bhalliol an Crùn agus an rìoghachd a thoirt do dh'Eideard air beulaibh an t-sluaigh.

Chaidh na caistealan uile a thoirt air ais do dh'Eideard. Chaidh suaicheantas rìghrean na h-Alba, an leòmhann dearg, a shracadh den t-seacaid aig Balliol airson sealltainn nach e duine-uasal, cudromach a bh' ann tuilleadh. Chaidh a thoirt a Shasainn na phrìosanach. B' e Eideard a-nis Rìgh na h-Alba.



DÈAN SEO:


1. Dè a' chiad bhaile ann an Alba air an d' fhuair Eideard smachd?
2. Cuin agus càit an do rinn e an gnothach air armailt Bhalliol?
3. Saoil carson a thaobh Raibeart Brus ri Eideard I, seach ri Rìgh na h-Alba, Iain Balliol?
4. Dèan copaidh den mhap gu h-ìosal. Cuir an t-ìosal seo air:
'Turas Eideird tro Alba ann an 1296'.

STÒR A:

Turas Eideird, tro Alba ann an 1296

luchair:

..... = turas Eideird



DÈ AM PLANA A BH' AIG EIDEARD AIRSON ALBA?

Bha Eideard a-nis na Ard-uachdaran air Alba. Bha e airson a bhith cinnteach nach biodh Alba tuilleadh na rìoghachd dhi fhèin. Cha bhiodh innte a-nis ach pàirt den ìmpireachd aige-san, còmhla ri Sasainn, Èirinn, a' Chuimrigh agus pàirt den Fhraing.

Mhèarrs e tro Alba ann an 1296, ag iarraidh air na h-uaislean a b' àirde ann an Alba a dhol fo bhòidean-dilseachd dha fhèin. Chuir còrr is 1500 de dh'uaislean, de dh'easbaigean agus de dhaoine-saora nam bailtean mòra an ainmean ris a' pàipear air an robh na bòidean sgrìobhte. Thugadh an t-ainm An Roile Robach (The Ragman Roll) air a' phàipear seo bhon a bha ribeanan steigte ris a' chèir a bh' air.

Thug e an Lia Fàil air falbh à Sgàin. 'S e clach a bha seo air an robh rìghrean na h-Alba air an crùnadh tro na linntean. Dh'fheumadh a h-uile rìgh ùr seasamh air a' chloich nuair a bhite ga ghairm mar rìgh le uaislean agus le sluagh na rìoghachd. Chaidh a' chlach a chur fo rìgh-chathair Shasainn ann an Abaid Westminster ann an Lunnainn. Chaidh na suaicheantais shònraichte a bh' aig rìghrean na h-Alba a thoirt air falbh agus chaidh cur às dhaibh.

Chaidh Seula Mòr Rìgh na h-Alba, a bh' air a chleachdadh gus pàipearan oifigeil a dhearbhadh, a bhristeadh na phìosan. Chaidh gach leabhar-cuimhne, pàipear oifigeil agus gach còir-sgrìobhte a bhuineadh do rìghrean na h-Alba a thoirt do Lunnainn. Ann an litrichean a sgrìobh e gu rìghrean eile, agus chun a' Phàpa, bha Eideard a' bruidhinn air Alba mar gum b' e "oighreachd" no "dùthaich" a bh' innte agus nach b' e rìoghachd, mar a bh' innte roimhe sin.


Ghoid e cuideachd, à Abaid Holyrood, a' Crois Dhubh a bh' aig a' bhan-naomh Mairead . B' e seo rud cho coisrigte 's a bh' ann an Alba, oir bha daoine a' creidsinn gun robh i air a dèanamh de fhiodh a chaidh a thoirt à crann-ceusaidh Chrìosda.

Cha deach rìgh ùr Albannach a chur an àite Rìgh lain idir. 'S ann a bha Alba gu bhith air a riaghladh le riaghladair a thagh Eideard – lain de Warenne, Iarla Surrey. Chaidh barain Shasannach a chur os cionn nan Albannach mar shiorraman.

Chaidh Cùirt Ionmhais a chur air chois ann am Bearaig gus cìsean a thogail bho na h-Albannaich airson an cur gu ruige Lunnainn. Chaidh Bearaig fhèin a dhèanamh na phàirt de Shasainn.

PLANAICHEAN EIDEIRD AIRSON ALBA

- Rudan a thugadh air falbh à Alba.
- Gheibh thu lethbhreac dhen duilleig seo bho do thidsear
- Lìon na bèarnan



CLEACHD NA FAGLAN SEO:

Fàil	Robach	Surrey
Dhubh	Roile	Maireid
Seula	Naoimh	Ban
Alba	Barain	Lia
Rìoghachd		

PLANAICHEAN EIDEIRD AIRSON ALBA

Leugh an duilleag “Dè am plana a bh’ aig Eideard airson Alba?”

DÈAN SEO:

1. Carson, nad bheachd-sa, a chaidh an Lia Fàil a thoirt gu ruige Lunnainn?
2. Carson a chaidh leabhraichean is còraichean-sgrìobhte rìoghachd na h-Alba a thoirt ann cuideachd?
3. Faigh a-mach carson a thug iad “An Roile Robach” air na pàipearan ris an do chuir uaislean na h-Alba an ainmean, a’ gealltainn a bhith dìleas do dh’Eideard.
4. Gabh beachd air na planaichean a bh’ aig Eideard gus Alba a chumail fo smachd. Nad bheachd fhèin dè am fear anns an robh an cunnart bu mhotha do shaorsa na h-Alba?
5. Saoil dè am beachd a bh’ aig na h-Albannaich air na bha Eideard a’ dèanamh? Thoir adhbhair airson do fhreagairt.
6. Sgrìobh am paragraf seo agus lìon na beàrnan, a’ cleachdadh fhaclan às a’ bhogsa gu h-ìosal:

Chan e a-mhàin gun do _____ Eideard suaicheantais saorsa na h-_____ agus gun do dh’òrdaich e _____ às dhaibh, ach dh’fheuch e cuideachd ri toirt air daoine cudromach ann an Alba a bhith _____ dha. Bha aca ri dhol fo _____ - _____ agus an seul agus an ainm a chur ri _____ air an tugadh an t-ainm An _____ . Bha aig còrr is 1500 de dh’uaislean, de dh’ easbaigean agus de dhaoine-_____ nam bailtean mòra ri seo a dhèanamh air neo bhiodh iad air am peanasachadh.

dìleas	ghoid	cur	pàipear
Alba	dìlseachd	bhòidean	Roile
Robach	saora		

PLANAICHEAN EIDEIRD AIRSON ALBA (AIR A LEANTAINN)



OBAIR-DACHAIGH

Leig ort gun robh thu a' fuireach ann an Alba aig an àm seo. Sgrìobh litir ghoirid gu caraid ag innse mu na rudan a tha Eideard a' dèanamh air muinntir na h-Alba. Mìnich dod charaid mar a tha thu fhèin a' faireachdainn mu dheidhinn seo, agus carson.

UILLEAM UALAS: GAISGEACH NA H-ALBA

Bha a' chuid mhòr de dh'uaislean na h-Alba air ùmhlachd a dhèanamh do dh'Eideard I, Rìgh Shasainn, agus air gealltainn a bhith dìleas dha, ach bha cuid eile ann nach do rinn sin idir. An lùib nan uaislean a dhiùlt an ainm a chur ris An Roile Robach bha fear dom b' ainm Uilleam Ualas. Is e mac do ridire a bha ann an Ualas agus tha daoine a' smaoinichadh gun do rugadh e ann an Elderslie, faisg air Glaschu. Cha bhuineadh e idir, ge-tà, do ghin de na teaghlaichean mòra uasal a bh' ann an Alba aig an àm.

Thuirte sgrìobhadair Albannach seo mu dheidhinn:

**ANE NOBIL YOUNG MAN, CALLIT WALLACE INSPYRIT BY GOD TUIK
PART WITH THE PUIR PEPILL AND DEFENDIT THE REALM.**

Chan aithne dhuinn mòran mu bheatha nuair a bha e òg. A' chiad uair a chualas mòran mu dheidhinn 's ann sa bhliadhna 1297. Anns a' bhliadhna sin mharbh e Siorram Lannraig, Sasannach dom b' ainm Hazelrig. Chaidh Ualas gu Lannraig air ceann buidheann beag shaighdearan agus chuir iad ruaig air na saighdearan Sasannach. Roimhe sin, chaidh bean Ualais a mhurt le òrdan bho Hazelrig.

An uair a chuala daoine mar a thachair ghabh mòran dhiubh ann an armailt Ualais. Bha iad airson na Sasannaich a ruagadh a-mach às an dùthaich, agus anns an t-Sultain 1297 fhuair iad cothrom ionnsaigh a thoirt orra ann am batal.

1. Dè 's aithne dhuinn mun teaghlach dom buineadh Ualas?
2. Dè rinn Ualas ann an 1297 a thug e gu aire an t-sluaigh?

BLÀR DROCHAD SHRUIGHLEA 1297

Bha mòran air taobh Ualais ann an Alba a-nis. Bha Anndra Moireach, a bhuineadh do dh'àite faisg air Eilginn, air fear dhiubh, agus bha esan a' cuideachadh Ualais le bhith a' ruagadh nan Sasannach a bha tuath air Peairt. Chuidich an armailt aig Anndra Moireach an armailt aig Ualas a' toirt ionnsaigh air Dùn Dè.

Thàinig na Sasannaich ann an Alba chun a' cho-dhùnaidh gum feumadh iad stad a chur air Ualas. Ghluais armailt làidir, Shasannach, à Bearaig gu Sruighlea agus Iarla Surrey air an ceann.

Bha Ùisdean Cressingham, a bha na Ionmhasair aig Eideard ann an Alba, air aon de na saighdearan a bha air ceann armailt Shasainn. Bha esan ag iarraidh gum biodh am blàr seachad gu sgiobalta agus chuir e roimhe an armailt aige a thoirt a-null air Abhainn Fhoirthe, thairis air drochaid chumhaing, fhiodha.

Bha an drochaid cho cumhang is nach coisicheadh gualann ri gualainn oirre ach dithis. Bha armailt Ualais a' fuireach riutha faisg air ceann thall na drochaid. Dh'fhuirich iad gus an robh leth den armailt Shasannaich air a dhol a-null agus an uair sin thug iad ionnsaigh orra.

Cha b' fhada gus an robh an drochaid air a dùnadh leis na bha oirre de shaighdearan marbha agus chan fhaigheadh an còrr den armailt Shasannaich a-null oirre – cha robh dad ann a b' urrainn dhaibh a dhèanamh ach seasamh air a' bhruaich eile a' coimhead an sgrios a bha armailt Ualais a' dèanamh. Chaidh Cressingham a ghlacadh agus a mharbhadh anns a' bhlàr. Goirid an dèidh sin theich an armailt Shasannach. Chaidh mòran aca a bhàthadh cuideachd.



Seallaidh an dealbh seo dhut dè bu choltas do Dhrochaid Shruighlea. Bha eachraidh is fir-shleagha san armailt Shasannaich. Cha robh eachraidh aig Ualas ach beagan. Bha sleaghan fada agus biodagan aig a' chuid bu mhotha aca.

ÀS DÈIDH A' BHLÀIR

Às dèidh Blàr Drochaid Shruighlea chaidh Ridire a dhèanamh de Ualas agus thugadh dha an tiotal "Fear-dìon na h-Alba." Bha e ri Alba a riaghladh airson Iain Balliol a bha fhathast na phrìosanach ann an Sasainn. Bha Ualas agus Anndra Moireach a-nis cinnteach nach cuireadh Eideard I dragh air Alba tuilleadh. Chì sinn sin bhon litir a chuir iad gu luchd-ceannaich ann an Lubeck agus Hamburg anns a' Ghearmailt ag ràdh:

"Biodh fios aig bhur ceannaichean uile gum faod iad falbh is tighinn gu sàbhailte às gach port ann an Rìoghachd na h-Alba... oir tha an Rìoghachd a-nis saor bho chumhachd nan Sasannach."



Litir bho Uilleam Ualas agus Anndra Moireach gu ceannaichean ann an Lubeck agus Hamburg, 1297

Ach thòisich gnothaichean air a dhol ceàrr air Ualas. Chaochail Anndra Moireach dà mhìos às dèidh a leòn gu dona aig Drochaid Shruighlea agus bha Ualas a-nis air fhàgail na ònrachd mar cheannard air Arm na h-Alba. Cuideachd, bha farmad aig mòran de na h-uaislean eile ann an Alba ris agus bha iad sin a' diùltadh a chuideachadh a thoradh nach buineadh e do na teaghlaichean a b' uaisle san dùthaich.

★ DÈAN SEO:

1. Sgrìobh an tiotal agus an earrann seo nad leabhar agus lìon na beàrnan a' cleachdadh fhaclan às a' bhogsa gu h-ìosal:

BLÀR DROCHAD SHRUGHLEA 1297

Anns an t-Sultain chuir Ualas agus Anndra às do dh'armailt, le air an ceann, aig Blàr Chaidh mòran agus Sasannach a mharbhadh agus a bhàthadh. Goidid an dèidh seo chaidh Ualas a thaghadh mar na h-Alba.

Moireach	Drochaid	Fhear-dìon
Iarla Surrey	1297	ridirean
Shruighlea	uaislean	Shasannaich

BLÀR DROCHDAID SHRUIGHLEA 1297 (A' LEANTAINN)

2. Ciamar a tha fios agad nach robh Ualas a' smaoinichadh air fhèin mar Rìgh na h-Alba?
3. Dè an fhianais a tha ann gun robh Ualas a' smaoinichadh gun robh Alba saor bho chumhachd Eideird?
4. Ciamar a bha gnothaichean doirbh do Ualas a thoradh nach buineadh e do na teaghlaidhean a b' uaisle san dùthaich?

OBAIR-LEUDACHAIDH: BEACHDAN AIR UALAS

Stòr A:

“’S e Uilleam Ualas ceannard nan daoine borba seo. Mar nach robh iad air olc gu leòr a dhèanamh roimhe seo, tha na daoine aingidh seo a’ cur Alnwick na theine dearg. Tha an sluagh millteach a’ tilleadh a dh’Alba, agus urram ga chur air Uilleam mar ridire; creachadair a-nis na ridire, dìreach mar gum biodh fitheach na eala; fear gun urram na shuidhe air an rìgh-chathair nuair nach eil fear urramach an làthair.”
(à òran Beurla on 13mh linn)

1. Cò às a thàinig an stòr seo?
2. Cuin a chaidh a sgrìobhadh?
3. Carson nach eil thu deònach an stòr seo a chreidsinn?

Thoir dà adhbhar airson do fhreagairt. Tagh faclan às an stòr gus taic a chur ri **an** de na h-adhbhair sin.

Faic na freagairtean a thug thu do cheistean 1 agus 2 airson an dàrna adhbhair.

BLÀR NA H-EAGLAISE BRICE 1298

Cha b' fhada gus an do thill Eideard airson ionnsaigh eile a thoirt air Alba agus an turas seo thàinig e le armailt anns an robh 30,000 saighdear. Cha robh aig Ualas ach 10,000.

Chaidh mu 5,000 Albannach a mharbhadh anns a' bhlàr. Theich Ualas le a bheatha gu Peairt. Thill Eideard a Shasainn agus e air an gnothach a dhèanamh air na h-Albannaich.

Ged a fhuair Ualas teicheadh le a bheatha, leig e dheth a dhreuchd mar Fhear-dìon na h-Alba. Ach bha Ualas air spiorad na rìoghachd a dhùsgadh agus airson còig bliadhna chùm uaislean na h-Alba orra a' sabaid an aghaidh nan Sasannach. Shiubhail Ualas fhèin air feadh na Roinn Eòrpa ag innse mar a bha an suidheachadh ann an Alba agus ag iarraidh cuideachadh.

★ DÈAN SEO:

1. Sgrìobh an tìotal agus an earrann seo nad leabhar agus lìon na beàrnan a' cleachdadh fhaclan às a' bhogsa gu h-ìosal:

BLÀR NA H-EAGLAISE BRICE

An dèidh Blàr Drochaid Shruighlea, bha Eideard a' cur roimhe a pheanasachadh a chionn 's gun robh e ri ar-a-mach na aghaidh, agus thàinig e gu tuath le mhòir chumhachdaich. Bha a' bhuidhe leis na an turas seo aig Blàr na h-..... . Leig Ualas dheth a bhith na , agus chaidh e a-null don gus taic a lorg airson nan Albannach. Aig an aon àm thug Rìgh Eideard air uaislean agus ridirean na h-..... gabhail ris mar

fhear-dìon	Sasannaich	Eaglaise Brice
Ualas	armailt	Alba
Roinn Eòrpa	rìgh	

OB AIR-LEUDAGHAIDH:

Suaicheantais nan Teaghlaichean Uasal

Anns na meadhan-aoisean bha suaicheantas àraid aig a h-uile teaghlach uasal cudromach. Is e bràidse àraid is dathan àraid a bha ann an suaicheantas – caran mar a tha aig sgiobaidhean ball-coise an-diugh. Bha seo aca airson gun aithnicheadh na daoine aca a chèile agus an ceannard aca gu furasta, gu h-àraid ann am batail. Tha suaicheantas mar sin, ris an can sinn *Coat of Arms* ann am Beurla, aig teaghlaichean uasal fhathast.

Mar bu trice bhiodh an suaicheantas ri fhaicinn air sgiath, seacaid no bratach.

Cha robh ach còig dathan air an cleachdadh ann an suaicheantas - dearg, gorm, uaine, dubh agus purpaidh - agus dà mheatailt, òr agus airgead (buidhe agus geal).

Is e cumaidhean sìmplidh a bha air an cleachdadh mar shuaicheantais an toiseach ach bha beathaichean agus planntaisean air an cleachdadh cuideachd.



★ DÈAN SEO:


'S ann de theaghlach glè uasal a tha thu!

- Dealbhaich suaicheantas dhut fhèin
- Cuir dath air do shuaicheantas
- Cuimhnich – na cleachd ach na còig dathan a chaidh ainmeachadh gu h-àrd

UALAS AIR A GHLAGADH

Bha Eideard I a-nis a' riaghladh Alba. An dèidh Blàr na h-Eaglaise Brice is è fìor chorra dhuine a bha air fhàgail a bha deònach seasamh an aghaidh Eideird. Bha a' chuid mhòr de na h-uaislean a' smaoinichadh gum biodh e na bu ghlice dhaibh a bhith air taobh Eideird. Bha Raibeart Brus (mac do Bhros a bha ag iarraidh a' chrùn nuair a fhuair Balliol e) air aon de na h-uaislean a chaidh gu taobh Eideird ann an 1304.

Bha Ualas fhathast a' falach agus bha Eideard ag iarraidh a lorg agus a ghlagadh.



DÈAN SEO:

1. Dealbhaich postair a sgaoileadh luchd-taice Eideird mar phàirt den iomairt gus Ualas a ghlagadh.
 - Inns cuid de na rudan a rinn Ualas an aghaidh Eideird
 - Cleachd faclan agus sgrìobhadh tarraingeach

Bha duais mhòr air a tairginn do dhuine sam bith a dh'innseadh far an robh Ualas. Mu dheireadh chaidh a bhrath le caraid dha fhèin, an Ridire Iain Stiùbhart à Menteith, agus sin mar a chaidh a ghlagadh faisg air Glaschu san Lùnastal 1305. An dèidh a ghlagadh chaidh Ualas a thoirt a Lunnainn mar phrìosanach agus chaidh a thoirt gu cùirt mar neach-brathaidh.

UALAS – BUÀIDH AGUS CALL SÙIL AIR AIS



DÈAN SEO:

1. Sgrìobh an tìotal agus an earrann seo nad leabhar agus lìon na beàrnan a' cleachdadh fhaclan às a' bhogsa gu h-ìosal:

Ualas – buaidh agus call.

Ann an t-Sultainn 1297 chuir Ualas agus Anndra às do dh'armailt aig Blàr Chaidh mòran agus Sasannach a mharbhadh. Goirid an dèidh seo, chaidh Ualas a thaghadh mar na h-Alba.

Bha Eideard ag iarraidh Ualas a pheanasachadh on a rinn e ar-a-mach na aghaidh. Thàinig Eideard gu tuath le armailt mhòir chumhachdaich . Bhuannaich na an turas seo aig Blàr na h- Leig Ualas dheth a bhith na Fhear-dìon. Shiubhail e san a' feuchainn ri taic a lorg airson nan Albannach. Aig an aon àm, thug Rìgh Eideard air uaislean na h-Alba gabhail ris mar

Mu 1305 thill Ualas a dh'Alba. Chaidh a bhrath ris na Sasannaich agus a ghlacadh faisg air Thugadh Ualas a Thog iad casaid na aghaidh gur e a bh' ann. Cha do ghabh Ualas ris gun robh e oir thuirte nach b' e an rìgh aige. Cho-dhùin iad gun robh Ualas agus chaidh a chur gu bàs aig An toiseach iad e, an uair sin thug iad a às agus e fhathast beò. Chaidh corp Ualais a ghearradh na cheathramhan agus chaidh piosan den chorp aige a chrochadh gu poblach ann am , ann am , ann an agus anns a' Chroch iad ceann Ualais air

Peairt	Smithfield	ciontach	Rìgh Eideird
Sasannaich	Moireach	stamag	neach-brathaidh
ridirean	Eideard	Lunnainn	Drochaid Shruighlea
Sruighlea	Roinn Eòrpa	Fhear-dìon	Drochaid Lunnainn
rìgh	shaighdearan	Glaschu	Chaisteal Nuadh
Bearaig	ciontach	chroch	Eaglaise Brice

SGILEAN RANNSACHAIDH: CÒ BH' ANN AN UALAS

- Leugh na Stòran a leanas.

(Air an togail bho “Scotland in the Middle Ages” le Richard Dargie td 98

- Freagair na ceistean a leanas ann an seantansan.

STÒR A: Bàs Ualais

Anns a’ bhliadhna 1305 chaidh Uilleam Ualas gu cealgach agus le foill a chur an grèim le Iain Menteith, agus thug esan e do Rìgh Shasainn. Ann an Lunnain chaidh a chorp a stialladh às a chèile agus, gus muinntir na h-Alba a mhasladh, chaidh na casan agus na làmhnan aige a chrochadh air tùir an siud 's an seo air feadh Shasainn agus Alba.

STÒR B: À iomradh a chaidh a sgrìobhadh eadar 1380 agus 1390.

Anns a’ bhliadhna sin fhèin, 1297, thog Uilleam Ualas a cheann agus mharbh e Siorram Lannraig, fear Sasannach. On àm sin a-mach thàinig iad thuige nan dròbhan, gach duine a bh’ air a chumail sìos fo smachd nan Sasannach, rud nach gabhadh a ghiùlan; agus chaidh esan air an ceann. Bha e anabarrach treun agus gaisgeil, maiseach na phearsa agus cho còir ris an fhaoileig. Fhuair Ualas làmh-an-uachdair air na Sasannaich air gach taobh. Thòisich e le misneachd is neart, a’ toirt ionnsaigh air na caistealan agus na bailtean a bha na Sasannaich a’ dìon gu làidir agus a’ riaghladh; oir 's e bha a dhìth air ach a dhùthaich a shaoradh gu luath.



STÒR C: Iomhaigh de dh’Uilleam Ualas ann an Obar Dheathain.

SGILEAN RANNSACHAIDH: CÒ BH' ANN AN UALAS

1. An ann air taobh Ualais no na aghaidh a bha na daoine a sgrìobh Stòr A agus Stòr B?
Minich do fhreagairt.
2. Dè an seòrsa stòir a th' ann an Stòr B? Thoir adhbhar airson do fhreagairt.
3. 'S e ìomhaigh de dh'Uilleam Ualas a rinneadh ann an 1888 a th' ann an Stòr C.
An e bun-stòr no stòr leasaichte a th' ann an Stòr C?
4. Saoil an e ìomhaigh fhìor de Ualas a th' ann an Stòr C? Thoir adhbhar airson do bheachd a mhìneachadh.

UALAS SA CHÙIRT

Chuir iad Ualas an grèim faisg air Glaschu air an 3mh den Lùnastal 1305. Chuir an Ridire Iain Menteith an làmhan nan Sasannach e. Thug iad a Lunnainn e, gu taigh duine-uasail air Sràid Fenchurch. Air an 23mh den Lùnastal chaidh a thoirt gu Talla Westminster, agus Mòr-mhaor Lunnainn 's na britheamhan eile còmhla ris.

Anns a' chùirt, thog iad casaidean an aghaidh Ualais, a' fagail air gun robh e:

1. A' sabaid an aghaidh Rìgh Eideird
2. A' murt Shasannach (aig Drochaid Shruighlea)
3. A' ruagadh Shasannach a-mach à Alba. (An dèidh Blàr Drochaid Shruighlea)
4. A' riaghladh Alba gu mì-laghail (A chionn 's gun do sgrìobh e gu marsantan na h-Eòrpa)
5. A' gabhail tiotal nach bu chòir dha – Fear-dìon na h-Alba
6. A' càineadh Shasainn san Roinn Eòrpa (an dèidh Blàr na h-Eaglaise Brice)
7. A' diùltadh gèilleadh do Rìgh Eideard
8. Ag obair mar neach-brathaidh an aghaidh Rìgh Eideird

Cho-dhùin na britheamhan gun robh e ciontach. Cha do sheall iad truas ris agus cha toireadh iad mathanas dha. Bha gràin aig na Sasannaich air.

BINN NAM BRITHEAMHAN

1. Bidh Ualas air a tharraing tro shràidean Lunnainn.
2. Thèid a thoirt gu Smithgate agus an sin thèid a chrochadh.
3. Theid an ceann a ghearradh dheth. Bidh an ceann air a cheangal os cionn Drochaid Lunnainn gus am faic an sluagh e.
4. Thèid an cridhe aige, na h-àirnean aige, na sgamhain agus an còrr den mhionach aige a chur nan teine.
5. Bidh an corp aige air a ghearradh na cheathramhan. Thèid aon cheathramh a chrochadh air pòla anns a' Chaisteal Nuadh agus an fheadhainn eile ann am Bearaig, Sruighlea agus Peairt.

UALAS GA CHUR GU BÀS

Chroch iad Ualas an latha sin fhèin, an dèidh do na britheamhan a bhinn a thoirt a-mach. An toiseach, chaidh a tharraing tro shràidean Lunnainn. Bha an sluagh a' magadh air agus a' sadail chlathan air. An dèidh a chrochadh ann an Smithgate chaidh a thoirt a-nuas on chroich mus robh e buileach marbh agus reub iad a chridhe agus a mhionach às agus chaidh an sadail don teine. Chuir iad an ceann dheth le tuaigh agus an uair sin rinn iad ceithir ceathramhan de chorp.

Bha dùil aig Rìgh Eideard ri fois a-nis. Bha sìth ann an Alba agus dh'fhaodadh e an dùthaich a' riaghladh mar phàirt de Shasainn. Bha e an dòchas gum biodh na h-Albannaich agus na Sasannaich càirdeil ri chèile, fo aon rìgh. Ach dh'fhalbh an dòchas seo gu tur leis an naidheachd a fhuair e anns a' Ghearran 1306 mu mhurt ann an eaglais ann an Dùn Phris.



DÈAN SEO:

Obair chàraid/obair bhuidhnean

1. Beachdaichibh air na ceistean seo agus, an uair a thig sibh gu co-dhùnadh, taghaibh an duine a dh'innseas bhur beachdan don chlas
 - a. An robh e ceart gun deach Ualas a thoirt gu cùirt? (Feumaidh adhbhar a bhith agaibh)
 - b. Carson a bha binn nam britheamhan cho cruaidh?
2. An dèidh èisteachd ri beachdan a' chlas cuir crìoch air an t-seantans seo nad leabhar:

"Chaidh Ualas a chur gu bàs airson..."

MAR A CHUIR IAD ÀS DO UALAS

DÈAN SEO:

**LEUGH ÀS ÙR: "CO BH' ANN AN UALAS?",
"UALAS AIR A GHLAGADH" AGUS "UALAS SA GHÙIRT"**

Sgrìobhaidh tu a-nis artaigil airson pàipear-naidheachd, ag innse mar a ghlac 's a mharbh iad Ualas.

Bheir an tidsear duilleag dhut a sheallas dhut an cumadh a dh'fheumas a bhith air an artaigil agad.

Feumaidh tu:

- CEANN-NAIDHEACHD, a nì thu fhèin suas.
- FO-CHINN, a bhios air earrannan eadar-dhealaichte den artaigil. Cleachdaidh tu na fo-chinn sin gus do chuideachadh a' lorg fiosrachadh airson gach earrainn.

DEALBH-CHLUICH:

**UILLEAM UALAS
A' CHÙIRT AGUS AN CROCHADH.**

Faodaidh sibh an dealbh-chluich seo a dhèanamh anns a' chlas ann am buidhnean de 9-10.

An uair a bhios a phàirt fhèin aig gach cluicheadair gu math faodaidh sibh an dealbh-chluich a chlàradh air teip no air bhidio.

Caractaran: Uilleam Ualas
Eideard I
An crochadair
Sgeulaiche
Britheamh 1: Àrd-Mhorair a' Cheartais ann an Sasainn
Britheamh 2: Constabal Tùr Lunnainn
Britheamh 3: Àrd-bhàillidh Lunnainn
Britheamh 4: Àrd-mharsal Shasainn
Britheamh 5: An Ridire Iain de Blackwell
(agus, ma thogras sibh, Oifigear na Cùirte/Sgeulaiche(2)/Sluagh Lunnainn)

Sgeulaiche 1: Tha mise an-seo ann an Talla Westminster ann an Lunnainn an-diugh – latha mòr ann an eachdraidh. Mar a bhios fios agaibh, chaidh an t-Albannach, Uilleam Ualas, a ghluacadh mu dheireadh thall, còrr is seachd bliadhna bhon a rinn Arm Shasainn an gnothach air an armait aige aig Blàr na h-Eaglaise Brice.

An-diugh, seasaidh e anns a' chùirt seo mar neach-brathaidh agus mar mhurtair, air beulaibh còignear bhritheamhan. Tha na britheamhan air suidhe. Chan eil sgeul air Ualas fhathast ach, mionaid sam bith a-nis, tha dùil ris an Rìgh, Eideard I, agus tha mi a' tuigsinn gum bruidhinn esan ris na britheamhan an toiseach. Tha an doras a' fosgladh agus seo a-nis an Rìgh.

Eideard: Fàilte oirbh, a bhritheamhan uasal. Tha mi air sibhse a thaghadh airson èisteachd ris a' chùirt seo agus airson binn a thoirt a-mach air Uilleam Ualas. Tha mi ag iarraidh gum bi a' chùirt seachad gu sgiobalta. Thèid na rudan olc a rinn Ualas a leughadh, bheir sibhse a-mach binn air agus thèid a chrochadh an taobh a-staigh uair an uaireadair. Chan fhaod an neach-brathaidh Ualas feuchainn ri e fhèin a dhìon anns a' chùirt. Chan fhaod e facal a ràdh.

Britheamh 1: Tha sinn a' tuigsinn, a Rìgh. Nì sinne mar a tha sibh ag iarraidh.

Sgeulaiche 1: Tha sinn a-nis a' fuireach airson Ualais. Seo e a-nis. Tha Oifigear na Cùirte ga chur na sheasamh air beulaibh nam britheamhan agus a' cur crùn de gheugan labhrais air a cheann.

Sgeulaiche 2: Tha iad a' dèanamh cùis-mhagaidh de Ualas leis a' chrùn seo airson gun tuirte e fhèin uaireigin, "Bu chòir crùn an Rìgh a bhith air mo cheann-sa ann an Talla Westminster."

Sgeulaiche 1: Cluinnidh sinn a-nis mu na casaidean a tha air an togail an aghaidh Ualais.

- Britheamh 1: An dèidh do dh'Eideard tòiseachadh air Alba a riaghladh an àite Iain Balliol bha an dùthaich uile a' dèanamh mar a dh'iarradh e agus bha sìth anns an dùthaich air fad. An uair sin thòisich Ualas air a h-uile seòrsa de dh'òlc a dhèanamh agus thòisich e air strì an aghaidh an Rìgh.
- Britheamh 2: Abair thusa duine olc! Chan ann olc ach uabhasach olc! Mhurt e Uilleam Hazelrig, Siorram Lannraig. Thug e an uair sin ionnsaigh air caistealan na h-Alba agus air bailtean beaga is mòra air feadh na dùthcha. Ruaig e a-mach às an dùthaich na h-oifigearan a chuir Rìgh Eideard a dh'Alba airson an dùthaich a riaghladh air a shon.
- Britheamh 3: Ann an 1297 dhiùlt Ualas armachd a chur bhuaithe an uair a dh'iarr dithis dhaoine beannaichte air sin a dhèanamh ann an ainm Dhè. An àite sin a dhèanamh is ann a mhurt e fhèin agus na brathadairean eile a bha còmhla ris an duine-uasal, Ùisdean Cressingham agus saighdearan matha Sasannach eile ann an Sruighlea.
- Britheamh 4: Ghabh Ualas air fhèin an tiotal "Fear-dion na h-Alba" agus bha e a' leigeil le uaislean ùmhlachd a dhèanamh dha mar gum b' e rìgh a bh'ann.
- Ualas: Chan eil mise ciontach idir. Cha robh mise ach a' feuchainn ri Alba a shàbhaladh bho dhuine aig nach robh còir a bhith a' riaghladh na h-Alba.
- Britheamh 5: Bi sàmhach, a bhrathadair! Tha na rudan a rinn thu cho olc is nach fhaod thu bruidhinn anns a' chùirt seo.
- Britheamh 1: Tha sinne cinnteach gun do rinn Ualas na rudan olc seo uile an aghaidh a Mhaighstir, Rìgh Eideard.
Tha Uilleam Ualas ciontach.
Seo a' bhinn a tha sinn a' toirt a-mach air.
Bidh e air a chrochadh air craoibh.
Thèid a thoirt a-nuas an uair sin agus thèid an ceann a chur dheth.
Thèid an cridhe aige, na h-àirnean aige agus an còrr den mhionach aige a chur nan teine.
Bidh an corp aige air a ghearradh na cheathramhan agus bidh iad air an crochadh air pòlaichean gus gum faic sluagh na dùthcha iad.
- Sgeulaiche 2: Tha sinn a-nis ann an Smithgate. Chaidh Ualas a tharraing an seo tro shràidean Lunnainn. Bha sluagh mòr air na sràidean agus abair gun do chòrd e riutha! Bha iad uile ag èigheach "Brathadair" agus a' magadh air. Bha feadhainn eile a' sadail chlachan air. Tha an crochadair a-nis a' cur an ròpa mu amhaich Ualais.
- Ualas: Chan e brathadair a tha annamsa idir. Cha do rinn mise riamh ùmhlachd do dh'Eideard airson chan e Eideard Rìgh na h-Alba. Tha mise a' dol gu mo bhàs airson saorsa na h-Alba. Saorsa na h-Alba!
- Sgeulaiche 1: Tha an crochadh seachad. Tha iad air a thoirt a-nuas bhon chraoibh is air an ceann a thoirt dheth. Tha an crochadair a' togail ceann Ualais an-àird is ga shealltainn don t-sluagh.
- Crochadair: Seo am bàs a thig air a h-uile brathadair!
- An sluagh: Brathadair! Brathadair! Rìgh Eideard! Rìgh Eideard!
Guma fada beò Rìgh Eideard! *Hammer of the Scots!*

Sgeulaiche 2:

Fhuair Uilleam Ualas bàs brathadair ach cha b' e bàs gun fheum a bha ann idir. Bha Ualas beò airson Alba agus bhàsaich e airson Alba. Bha an fhuil a-nis a' goil ann am mòran Albannach agus cha b' fhada gus am faigheadh iad gaisgeach eile a sheasadh air an ceann a' sabaid airson saorsa na h-Alba.


A' chrìoch.

CÒ BH'ANN AN RAIBEART BRUS?

B' e uachdaran cumhachdach ann an iar-dheas na h-Alba a bh' ann an Robert Brus. Bha fearainn agus caistealan cudromach aige. Bha a theaghlach air a bhith an sàs ann a bhith a' dìon crìoch a deas na h-Alba airson ùine fhada. A dh'aindeoin sin, bha fearainn aig Brus cuideachd ann an Sasainn. Bha e air a dhìlseachd a nochdadh do dh' Eideard dà thuras mar-thà. Bha e fiù 's air sabaid an aghaidh Uilleim Ualais aig an Eaglais Bhric anns a' bhliadhna 1298. 'S dòcha gun do rugadh e ann an Essex agus tha sinn den bheachd gun do dh'fhàs e suas ann an cùirt Shasannach. Bha coltas gun robh e na thràill dileas do Rìgh Eideard.

Ann an 1306 chrùn Brus e fhèin mar Rìgh na h-Alba aig Sgàin. Bha còir mhath aige air crùn na h-Alba. Bha e na ogha do aon de thagraichean a' chrùin ann an 1292. Bho nach robh Iain Balliol tuilleadh na rìgh, b' ann aig Brus a bha a' chòir a b' fheàrr air crùn na h-Alba. Bha e dà bhliadhna dheug thar fhichead a dh'aois agus bha e mar-thà na fhear-cogaidh agus na cheannard sgileil nuair a fhuair e an crùn.

A' CRAOBH-TEAGHLAICH AIG RAIBEART BRUS



luchair

1153 - 1165 : ùine air a' chrùn

= : pòsta aig ...

ch : chaochail

DÈAN SEO:

Sgrìobh na seantansan seo agus cuir crìoch orra le bhith a' coimhead air a' chraoibh-theaghlaich aig Raibeart Brus.

1. Bha Balliol air a bhith na rìgh fad ... (2 bhliadhna; 4 bliadhna; 6 bliadhna; 8 bliadhna).
2. Thàinig riaghladh Bhalliol gu ceann ann an ... (1292; 1296; 1306; 1329).
3. A rèir na craoibh-theaghlaich 's e an neach bu dlùithe ann an càirdeas do Bhalliol ... (a mhac; a nighean; Maighdeann Nirribhidh; Brus).
4. Fhuair Brus còir air a' chrùn a thoradh gun robh ... (Eideard I ga iarraidh mar rìgh; e air a bhith a' cogadh ri Eideard; Balliol ga iarraidh mar rìgh; a sheanair air a bhith a' strì airson a' chrùin ann an 1292).
5. Chaidh Brus a chrùnadh ann an ... (1295, 1304, 1306, 1329).
6. An uair a chaidh Brus a chrùnadh bha e ... (30, 32, 34, 36) bliadhna a dh'aois.
7. Coimhead gu mionaideach air a' chraoibh-theaghlaich. Mìnich carson a b' urrainn do Raibeart Brus a ràdh gur esan a bu chòir a bhith na rìgh air Alba.

MURT A' CHUIMEIN RUADH

Bha Raibeart Brus riamh a' leigeil air gun robh e na charaid do dh'Eideard I agus gun d' fhuair e fearainn, mar am fearann a bha aig an teaghlach Umfraville ann an Carraig, air sgàth a' chàirdeis seo. Ach, gu dìomhair, bha e a' feuchainn ri taic fhaighinn dha fhèin gus an gabhadh daoine ris mar Rìgh na h- Alba. Bha e cuideachd an dùil Alba a shaoradh bho Rìgh Eideard gus am biodh i na dùthaich shaoir, neo-eisimeilich a-rithist. Rinn Brus bargan ri Iain Cuimein, no, mar a chante ris, An Cuimein Ruadh:

“Cuidich mise gu bhith nam rìgh agus bheir mi dhut m' oighreachdan no thoir thusa dhòmhsa na h-oighreachdan agadsa agus cuidichidh mise thusa.”

B' fheàrr le Iain Cuimein na h-oighreachdan agus chuir iad an ainmean ri aonta a bha ag ràdh gum faigheadh An Cuimein na h-oighreachdan aig Brus. Bha Eideard I tinn agus glè ìosal aig an àm seo ann an Lunnainn. Nuair a bhàsaicheadh Eideard, bha dùil gur e mac lag dha a gheibheadh crùn Shasainn às a dhèidh. Ach is ann a dh'fhàs Eideard na b' fheàrr. Dh'innis An Cuimein Ruadh dha mun aonta agus gheall e an sgrìobhainn a shealltainn dha leis an ainm-sgrìobhte aig Raibeart Brus air.

Chuir Raibeart Brus air dòigh gun coinnicheadh e fhèin agus An Cuimein Ruadh ann an Eaglais nam Manach Liath ann an Dùn Phris air 10 An Gearran 1306. Chaidh an luchd-leantainn aca fhàgail a-muigh agus chaidh iad fhèin a-steach a bhruidhinn ann an dìomhaireachd. Bha Raibeart Brus a' fàgail air a' Chuimein gun robh e ri cealgaireachd agus leòn e e nuair a chaidh iad a shabaid air steapaichean na h-altair. Nuair a chuala a chompanaich mar a bh' air tachairt, ruith fear dhiubh a-steach don eaglais agus chuir e crìoch air a' Chuimein Ruadh.

DÈAN SEO:

1. Dè am bargan a rinn An Cuimein Ruadh agus Raibeart Brus?
2. Ciamar a bhrath An Cuimein Ruadh Raibeart Brus?
3. Dè rinn Raibeart Brus air a' Chuimein Ruadh air sgàth seo?
4. Ged a bha Brus a-nis na rìgh, bha tòrr nàimhdean aige. Sgrìobh carson a bhiodh gach aon dhiubh seo an aghaidh Bhruis:
 - Càirdean a' Chuimein Ruaidh agus Iain Balliol
 - Luchd-riaghlaidh na h-Eaglais
 - Rìgh Eideard agus an t-Arm Sasannach

CRÙNADH RAIBEIRT BHRUIS

An dèidh murt a' Chuimein Ruaidh, dh'fhaodadh Raibeart Brus an dara cuid teicheadh no aghaidh a chur ri Eideard I air an robh an cuthach dearg a-nis. Chuir e roimhe fuireach agus, le taic a luchd-leantainn, e fhèin a chrùnadh mar rìgh. A dh'aindeoin 's gun deach airchealladh a dhèanamh nuair a chaidh An Cuimein Ruadh a mhurt ann an eaglais, thug mòran de dh'easbaigean Alba taic dha oir bha iadsan cuideachd airson Alba a bhith neo-eisimeileach. Chuir e teachdairean gu charaidean a dh'innse dhaibh na bha na bheachd. Fhuair e sealbh air Caisteal Dhùn Phris gu math luath oir thàinig e gun fhiosa dhaibh air na saighdearan Sasannach a bha ga dhìon.

Air a' 25mh den Mhàrt 1306 chaidh Raibeart Brus a chrùnadh mar Rìgh na h-Alba ann an Abaid Sgàin. Chaidh cearcall òir a chur mu cheann agus chuireadh suas bratach rìghrean na h-Alba, an leòmhan agus na lilidhean sgàrlaid. Chuir an seann Easbaig Wishart à Glaschu trusgan Rìgh na h-Alba air Brus. Bha Wishart air an trusgan seo fhalach air na Sasannaich agus e an dòchas aig an àm sin gun rachadh a chleachdadh a-rithist latheigin. A bharrachd air Wishart, easbaig Ghlaschu, bha dithis easbaigean eile an làthair cuideachd. B' iadsan easbaig Chill Rìmhinn agus easbaig Mhoireibh.

DÈAN SEO:

- Dealbhaich postair le fiosrachadh mun latha a chaidh Rìgh Raibeart a chrùnadh.
- Cleachd an earrann gu h-àrd airson do chuideachadh.

BRUS A' SABAIID AIRSON A' CHRÙIN

Leugh “Faidhle fiosrachaidh mu Raibeart Brus” air td 41 agus an earrann
 “Dè an seòrsa ceannard a bh’ ann an Raibeart Brus?” air td 42 mus dèan thu an eacarsaich seo.

Cha robh còir sam bith aig Brus e fhèin a chrùnadh mar Rìgh na h-Alba.	Bha Iain Balliol fhathast beò nuair a chaidh Brus a chrùnadh. (Chanadh cuid gur e Balliol fhathast Rìgh na h-Alba).
Cha robh dad nach dèanadh Brus gus a bhith na rìgh air Alba.	
Bha taic làidir aig Brus bho dhaoine cudromach ann an Alba.	
Bha Brus deiseil gus a theaghlach fhèin a chur an cunnart am beatha seach gèilleadh do na Sasannaich.	
Cha robh Brus deònach gèilleadh fiù 's an uair a bha e a' call.	
Cha robh Brus a' toirt mathanas do dh' Albannaich sam bith a bha a' cur na aghaidh.	

DÈAN SEO:

1. Sgrìobh fianais a chuireas taic ris na beachdan a th’ air an sgrìobhadh gu h-àrd. Chaidh a’ chiad fhear a dhèanamh dhut.
2. Sgrìobh paragraf goirid a’ toirt do bheachd fhèin air an t-seòrsa duine a bh’ ann am Brus – a nàdar, a beachdan agus mar sin air adhart – le sùil às ùr air an fhianais agus air na co-dhùnidhean anns a’ phios obrach mu dheireadh.

FAIDHLE FIOSRACHAIDH MU RAIBEART BRUS

Ann an 1306 mharbh Brus am fear a b' fhaisge air anns an t-strì airson Crùn na h-Alba: mhurt e Iain Cuimein (An Cuimein Ruadh), Tighearna Bhàideanach air beulaibh na h-altair ann an Eaglais nam Manach Liath ann an Dùn Phris.

Thug a' mhòr-chuid de luchd-riaghlaidh na h-eaglaise ann an Alba taic do Bhrus. Thuir Easbaigean Ghlaschu agus Mhoireibh gun robh a' bhith a' sabaid airson Rìgh Raibeart co-ionann ri bhith a' sabaid ann an cogadh-croise.

Lean e air a' sabaid fiù 's ged a chuir na Sasannaich a bhean agus a phiuthar an grèim.

Cha do stad e riamh a' strì an aghaidh Eideird, fiù 's nuair a bha e am falach air Reachraidh agus air Arainn an dèidh do na Sasannaich an ruaig a chur air aig Meadhanaidh agus Dail Rìgh ann an 1306.

Rinn e sabaid chruaidh ann an cogadh catharra an aghaidh a nàimhdean Albannach. Sa bhliadhna 1308 chreach e oighreachd Bhuchain cho dona agus gun robh i na fearann fàs, bochd fad bhliadhnachan.

Bha Brus air a dhìlseachd a nochdadh do dh'Eideard dà thuras agus ghabh e ris mar uachdaran.

Chaidh Brus a chrùnadh nuair a bha Iain Balliol fhathast beò, agus na fhògarrach anns an Fhraing. Thuir cuid gun d' fhuair e crùn na h-Alba nuair nach robh còir aige air, no gun do ghoid e an crùn air an duine aig an robh a' chòir cheart air.

Thòisich Brus air dòigh sabaid ùir ris an canadh na Sasannaich aig an àm "cogadh-falaich". Cha robh Brus idir airson seasamh an aghaidh nan Sasannach ann am blàran mòran. An àite sin, bhiodh e a' tighinn orra gun

fhiosta dhaibh, no air an oidhche, agus theicheadh e fhèin agus a shaighdearan air ais do na cnuic.

Bha Brus dàna agus calma ann fhèin. An latha ro bhàr Allt a' Bhonnaich mharbh e an gaisgeach Sasannach Eanraig de Bohun ann an sabaid-dithis.

An taobh a-staigh de shia bliadhna, cha mhòr nach robh Brus agus a luchd-leantainn air na Sasannaich uile a sgiùrsadh à Alba, a' buannachadh air ais fearann agus caistealan a chaill iad do dh'Eideard I.

Dh'fheuch cuid de phrìomh bharain na h-Alba ri Brus a chur gu bàs ann an 1320.

Nuair a bhàsaich e ann an 1329, bha Alba na rìoghachd a bha saor, neo-eisimeileach agus aig sith ri Sasainn.

Cha robh am Pàp airson gabhail ri Brus mar rìgh dligheach na h-Alba air sàillibh gun do rinn e airchealladh nuair a chaidh An Cuimein Ruadh a mhurt san eaglais ann an Dùn Phris ann an 1306.

Nuair a bhàsaich Brus thug a charaid, An Ridire Seumas Dùghlas, a chridhe leis do chogadh-croise san Spàinn. Chaidh Dùghlas a mhurt ach thugadh an cridhe air ais agus tha e tiodhlaicte aig Abaid Mhaolrois.

Fada an dèidh a bhàis b' e 'Good King Robert' a bha aig na h-Albannaich air.

Bha cuimhne aca air mar neach-riaghlaidh math, ceart, a thog an rìoghachd suas a-rithist an dèidh mòran bhliadhnachan de chogadh.

DÈ AN SEÒRSA GEANNAIRD A BHA ANN AM BRUS?

Chan eil fios againn idir air mòran mu dè an seòrsa duine a bha ann an Raibeart Brus. Bha e beò o chionn còrr agus seachd ceud bliadhna. 'S e glè bheag a chaidh a chur ann an sgrìobhadh mu dheidhinn fhad 's a bha e beò agus, cuideachd, cha deach dealbh a dhèanamh dheth nuair a bha e beò. Gun teagamh, tha iomradh air a thoirt air ann an cuid de sgrìobhainnean eachdraidheil agus tha beagan phàipearan oifigeil againn air a bheil an seula aige.

Ged nach deach mòran a sgrìobhadh mu dheidhinn mar dhuine nuair a bha e beò, chaidh mòran a ràdh agus a sgrìobhadh mu Rìgh Raibeart bhon uair sin. A rèir chuid, tha e airidh air an inbhe as àirde ann an eachdraidh na h-Alba. Canaidh cuid eile gum b' e duine fèineil a bh' ann nach robh freagarrach airson a bhith na rìgh, agus nach robh càil ach a chòraichean fhèin a' cur dragh air.



An seula aig Raibeart Brus

DÈAN SEO:

Dealbhaich postair mu Raibeart Brus.

- Cuir ceist mu Bhrus mar thotal air do phostair, mar eisimpleir, "An robh Brus airidh air an tìotal Guid King Robert?"
- Cleachd fiosrachadh bhon duilleig seo agus td 41 gus do cheist a fhreagairt
- Cuir dealbh air a' phostair
- Cuir dath air d' obair

BRUS A' RIAGHLADH

Cha deach cho math do Bhrus an toiseach. Theab na Sasannaich grèim fhaighinn air agus b' fheudar dha a dhol am falach.

Chuir Eideard an dà easbaig a bha aig a' chrùnadh ann an Sgàin agus a' bhean agus an nighean aig Brus don phrìosan. Chaidh bràthair Bhrus a chur gu bàs. Bha a phiuthar, Màiri, agus Ban-iarla Bhuchain air an glasadh ann an cèidsichean ann an caistealan Dhùn Eideann agus Rosbroig.

B' ann aig an àm seo, a rèir aithris, a chunnaic Brus an damhan-allaidh a' feuchainn ri lion a shnìomh agus cho foighidneach 's a bha e a' tòiseachadh a-rithist is a-rithist gach uair a bhriseadh an lion. Canar gun tug an damhain-allaidh misneachd dha airson cumail air a' strì e fhèin.

Chan eil fios le cinnt aig duine càit an robh Brus fhèin fad nam mìosan seo, ach, co-dhiù, thill e agus thòisich e a' sabaid an aghaidh nan Sasannach a-rithist.


Bha fios aige nach buannaicheadh e ann am blàr mòr an aghaidh nan Sasannach, agus, mar sin, b' fheàrr leis cogadh-falaich – a' cleachdadh chleasan ris an canar cleasan-cogaidh *Guerilla*. Bhiodh e a' tighinn air an nàmhaid gun fhiosta dhaibh agus, an dèidh ionnsaigh chabhadh a thoirt orra, bhiodh e a' teicheadh am falach orra.

Beag air bheag, chruinnich Brus barrachd dhaoine agus chaidh gu math leis an aghaidh càirdean a' Chuimein Ruaidh agus an aghaidh nan Sasannach.

Ann an 1311, ghairm e pàrlamaid ann an Cill Rìmhinn agus ghabh mòr-shluagh na h-Alba ris mar Rìgh na h-Alba.

Bha rud no dhà ann a chuidich Brus –

1. Chaochail Eideard I is cha robh Eideard II cho làidir no cho dèidheil air cogadh.
2. Bha Brus math air cogadh-falaich agus bha e eòlach air an dùthaich.



Màiri Bhrus aig
Caisteal Rosbroig

A' BEACHDACHADH AIR RAIBEART BRUS

Thugadh Stòr A à cunntas a tha ag innse dhuinn mu Eideard I agus mu mar a fhuair Raibeart Brus barrachd is barrachd cumhachd.

STÒR A:

“Rinn na Sasannaich cron oirnn ann an iomadh dòigh agus dh’fhuiling na h-Albannaich tàmailt is buillean is murt. Ach thog Dia suas fear-dìon gus ar saoradh... fear dom b’ ainm Raibeart Brus. Chuir an duine seo aghaidh air nithean cruaidhe, teas is fuachd is acras, cunnart agus cealgaireachd.”

1. Ciamar a tha fios againn gur ann air taobh Raibeart Bhruis a bha an neach a sgrìobh an t-iomradh seo? (Tagh faclan às an stòr fhèin airson taic a chur ri do fhreagairt.)

BRUS A' FAIGHINN SMACHD AIR CAISTEAN NA H-ALBA

Bha Brus fìor mhath air planaichean a dhèanamh fhad 's a bha e a' strì airson saorsa na h-Alba. Seo trì eisimpleirean a sheallas cho glic (no cho seòlta, chanadh cuid) 's a bha e fhèin agus a luchd-taice:

Peairt

Bha baile Pheairt, agus an caisteal, air an cuartachadh le balla mòr cloiche le tùir an siud 's an seo air a' mhullach anns am biodh gèardan a' cumail sùil mun cuairt. Aig bonn a' bhalla, air an taobh a-muigh, bha Uisge Tatha a' ruith ris an taobh ear dheth agus bha dig leathann, dhomhain air a cladhach mu thimcheall nan taobhannan eile dheth. Bha na fir aig Brus air a bhith a' cuartachadh a' bhaile fad sia seachdainean gus nach faigheadh biadh no dad eile chun an luchd-dìon, ach cha tàinig buannachd sam bith às a sin. Mar sin, rinn Brus plana seòlta. Dh'ìarr e air aon de na fir aige doimhneachd na dìge a thomhas air an oidhche feuch an lorgadh e àite a bhiodh cho aodomhain 's gum faodadh na fir aige grunnachadh a-null.

Rinn e an uair sin rud mòr de bhith ag iarraidh air na fir aige an uidheamachd aca a phacaigeadh agus mèarsadh air falbh. Bha na Sasannaich air na ballachan gan coimhead, ag èigheachd agus a' magadh orra. Chaidh iad am falach ann an coille pìos à Peairt fad ochd latha gus an robh Brus den bheachd nach biodh luchd-dìon a' bhaile an dùil riutha a-rithist. Rè nan lathaichean sin, thug e air na fir fàraidhean ròpa a dhèanamh a ruigeadh mullach ballachan Pheairt. Bha dubhain air ceann gach fàraidh. Thill iad air an oidhche is ghrunnaich iad a-null air an dig. Chaidh aig Brus air mullach an fhàraidh aige fhèin a chur an sàs ann am mullach a' bhalla leis an t-sleagh aige. Rinn na fir eile an aon rud agus fhuair iad smachd air a' bhaile agus air a' chaisteal gu furasta. Bha an luchd-dìon nan cadal nuair a thòisich an ionnsaigh. Thog na fir aig Brus creach mhòr sa bhaile, a' toirt leotha na b' urrainn dhaibh, agus an dèidh sin chuir iad am baile na theine. Ach rinn Brus tròcair air na daoine a bha a' fuireach ann agus cha deach ach beagan a mharbhadh.

Rosbrog



Is e an Ridire Seumas Dùghlas a rinn an gnothach air Caisteal Rosbrog fhaighinn air ais bho làmhan nan Sasannach. Aon fheasgar ann an 1313, bha crodh dubh ag ionaltradh faisg air a' chaisteal. Nuair a bha i a' fàs dorcha, chuir Dùghlas seasgad de na fir aige agus cleòcaichean dubh'orra a-steach am measg a' chruidh airson gun ruigeadh iad ballachan a' chaisteil gun fhiosta do na gèardan. A-rithist chleachd iad fàraidhean gus faighinn thairis air a' bhalla.

Mar a ghlac na h-Albannaich
Caisteal Rosbrog

Gleann luchha

Chuidich duine tapaidh dom b' ainm Uilleam Bunnock le caisteal Ghleann luchha fhaighinn air ais bho na Sasannaich. Reic e feur ris a' chaisteal agus san t-Sultain 1313 chuir e ochdnar fhear fo armachd am falach ann an cairt feòir. Chaidh an geata ann an doras a' chaisteil a thogail air a shon ach stad e a' chairt dìreach fon gheata agus leig e na h-eich às a' chairt. Leum na fir a bha a' falach sa chairt a-mach. Cha ghabhadh an geata a dhùnadh gu dòigheil agus a' chairt fodha. Mar sin, bha saighdearan eile a bha am falach faisg air làimh air chomas ruith a-steach. An dèidh sabaid bhorb, bha an caisteal aig Brus.

DÈAN SEO:

- Tagh aon de na caistealan gu h-àrd agus sgrìobh artaigil airson pàipear-naidheachd ag innse mar a shaor Brus/luchd-taice Bhruis an caisteal bho na Sasannaich.
- Dh'fhaodadh tu agallamh a dhèanamh le:
 - * Brus
 - * Sasannach
 - * Neach a tha a' fuireach faisg air a' chaisteal.

AN DÈANADH BRUS AN GNOTHACH AIR EIDEARD II?

Eadar 1307 agus 1314 bha Brus agus na fir aige a' faighinn buaidh air an nàimhdean mean air mhean. Bha iad a' faighinn chaistealan Alba air ais agus a' faighinn buaidh air an luchd-leantainn aig Iain Cuimein agus Iain Balliol. Dh'fhàs cùisean na b' fhasa dha ann an 1307 nuair a chaochail Eideard I, *'The Hammer of the Scots'*. Cha robh a mhac-san, Eideard II, idir cho làidir agus bha barrachd ùidh aigesan ann am beatha chofhurteil sa chùirt seach beatha chruaidh saighdeir. Thill e a Shasainn agus thug e an cead fhèin do na h-Albannaich gus an tàinig air, mu dheireadh thall, rudeigin a dhèanamh ann an 1314 air sàillibh cùmhnant gòrach a rinn Eideard Brus, bràthair Raibeirt, ris na Sasannaich.

CÒ AIGE BHIODH CAISTEAL SHRUIGHLEA?

San t-samhradh 1313 's e Caisteal Shruighlea am fear mu dheireadh de chaistealan mòra Alba a bha fhathast ann an làmhnan nan Sasannach. Bha Eideard Brus, bràthair an rìgh, air a bhith ga chuartaichadh fad mhìosan. Ach, cha do chuir sin dragh ro mhòr air na saighdearan Sasannach a bha a' dìon a' chaisteil oir bha biadh agus goireasan eile a' tighinn thuca ann am bàtaichean à Bearaig. Ach cha b' urrainn do thaobh seach taobh cumail a' dol mar seo gu bràth agus, air a' cheann thall, rinn Eideard Brus cùmhnant ri ceannard a' chaisteil, an Ridire Philip Moubray. B' e sin gum fàgadh Moubray agus a shaighdearan an caisteal mura tigeadh arm Shasainn gu taobh a-staigh naoi mìle on chaisteal gus an saoradh, ro mheadhan an t-samhraidh, Latha Fèill Eòin, 1314.

Bha seo a' toirt dùbhlann don dà thaobh. Am b' urrainn do na Sasannaich rèite a dhèanamh nam measg fhèin agus tighinn gu tuath le armailt? 'S e Srughlea an caisteal mòr mu dheireadh a bh' aca an Alba agus nan cailleadh iad Srughlea, dh'fhaodadh iad a ràdh gun do chaill iad Alba cuideachd. Agus dè nan tigeadh na Sasannaich le armailt? Nan dèanadh Rìgh Raibeart cogadh riutha air talamh, rèidh, fosgailte, bhiodh batal den t-seòrsa sin am fàbhar nan Sasannach oir bhiodh cus a bharrachd shaighdearan acasan. Ach, an tigeadh na Sasannaich? B' e sin a' cheist mhòr!

DÈAN SEO:

Sgrìobh na ceistean seo nad leabhar agus freagair iad ann an seantansan:

1. Ann an 1313 dè an caisteal cudromach mu dheireadh an Alba air nach robh Brus agus a luchd-taice air smachd fhaighinn?
2. Carson nach robh na h-Albannaich comasach air seo a dhèanamh?
3. Cò an ceannard a bh' aig Brus a' cuartaichadh a' chaisteil?
4. Dè an cùmhnant a rinn esan ri ceannard Sasannach a' chaisteil?
5. Saoil an robh Raibeart Brus toilichte leis a' chùmhnant seo? Thoir adhbhar airson do fhreagairt

BLÀR ALLT A' BHONNAICH, AN T-ÒGMHIOS 1314

SÙIL AIR GACH ARMAILT

Armailt Shasainn

Chruinnich Eideard II armailt mhòr airson na h-Albannaich a phronnadh. Thug e daoine à Sasainn, às Èirinn agus às a' Chuimrigh airson Caisteal Shruighle a shaoradh. Thug na h-uaislean agus na ridirean dha 3000 den eachraidh a b' fheàrr a bh' aca. Bha deiseachan stàilinn air na fir-eich agus bha sleagh anns an robh dusan troigh a dh'fhaid, tuagh-chogaidh agus claidheamh aig gach fear dhiubh. Nuair a bheireadh iad uile ionnsaigh còmhla, chuireadh iad an t-eagal air an t-saighdear-choise a bu dhàine air an t-saoghal.

Chruinnich e an uair sin 3000 de na fir-bhogha a b' fheàrr a bha sa Chuimrigh. Bha iadsan cho sgileil agus gun leigeadh iad às na saighdean aca cho luath 's gum biodh còig bhon aon bhogha san èadhar aig an aon àm.

Bha 15,000 de shaighdearan-coise sa phrìomh phàirt den armailt agus bha còtaichean tiugha agus clogadan stàilinn orra. Bha sleagh, sgiath agus claidheamh aca uile.

B' e seo an armailt bu mhotha a bha riamh fo chomann rìgh Sasannach agus bha iad cinnteach gum biodh a' bhuaidh leotha.


An armailt aig Brus

Bha an armailt aig Brus gu math na bu lugha. Bha mu 8,000 saighdear-coise aige a bh' air an deagh thrèanadh agus 500 fear-eich air eich luatha. Bha na ceannardan aige dileas dha agus bha iad air a bhith a' sabaid air a shon fad nam bliadhnachan a bha e ri cogadh-falaich.

Bha cuideachd mu 2,000 tuathanach is eile aige nach robh air an trèanadh idir ach a chuidicheadh e nam biodh feum orra. B' iad seo "na daoine beaga."

BLÀR ALLT A' BHONNAICH AN T-ÒGMHIOS 1314

A' CHIAD LATHA



BLÀR ALLT A' BHONNAICH, 1314

A' CHIAD LATHA DEN BHLÀR: DIDÒMHNAICH 23 ÒGMHÌOS

Chuir Brus a shaighdearan ann an òrdugh ann an leithid de dhòigh 's gum biodh iad air chothrom an rathad mòr eadar an Eaglais Bhreac agus Sruighlea a dhùnadh. Bha 500 fear-eich aige air eich luatha, 's iad fo stiùireadh Raibeirt Keith. Chuir e na saighdearan-coise ann an ceithir buidhnean le Randolph, Dùghlas, Eideard Brus agus e fhèin air an ceann. A thuilleadh orra seo bha mu 2000 de "dhaoine beaga" aige, nach robh idir air an trèanadh, air an suidheachadh air cùl Cnoc Chocsaid.

Air beulaidh Bhruis, air gach taobh den rathad, bha tuill air an cladhach agus stoban biorach fiodha air an cur annta. Bha geugan agus sgrathan air an cur air uachdar nan toll airson am falach. Bha na tuill seo airson gun tuiteadh na h-eich Shasannach agus gum biodh iad air an leòn, nam feuchaidh iad ri dhol timcheall taobh seach taobh den armailt aig Brus. Sgaoil Brus cuideachd spìcean iarainn ris an canadh iad *calthrops* air an talamh. Bha ceithir spìcean mar thàirnean mòra air gach *calthrop* agus bha iad air an dèanamh gus gum biodh aon spìc an còmhnadh a' stobadh suas. 'S ann airson casan nan each Sasannach a leòn a bha iad seo. Nan seasadh each air aonan dhiubh bhiodh e glè chuagach. Leis na tuill agus na spìcean seo, bha Brus an dòchas nach ruigeadh eachraidh Eideird Caisteal Shruighlea.

Ghluais feachd-aghaidh na h-armailt Shasannaich, fo stiùireadh Iarla Ghluceater, a dh'ionnsaigh nan Albannach. Dh'fheuch mu 300 den eachraidh Shasannaich, fo stiùireadh an dithis cheannard a b' fheàrr a bh'aig Eideard, ri faighinn timcheall gu tuath air an armailt aig Brus. Nan drachadh leotha, ruigeadh iad Caisteal Shruighlea agus, cuideachd, bha iad an dùil gum biodh iad air chomas na h-Albannaich a stad nam feuchadh iad ri teicheadh. Ach chunnaic Randolph iad agus ghluais e gan ionnsaigh le sioltron. An dèidh sabaid gheur theich eachraidh Shasainn air ais.

Nuair a bha seo a' tachairt, bha Brus a' marcachd air beulaibh a chuid shaighdearan, chan ann air an each-chogaidh aige ach air each beag, 's gun aige de dh'armachd ach tuagh. Thug ridire Sasannach, Eanraig de Bohun, an aire don rìgh agus rinn e air gus ionnsaigh a thoirt air le sleagh. Bha na h-Albannaich air an uabhasachadh oir cha robh dùil aca gun tigeadh an rìgh beò às a' chunnart seo. Ach dìreach aig a' mhionaid mu dheireadh, sheas Brus suas anns na stiorapan agus mharbh e Eanraig san dol seachad le buille làidir den tuaigh mun chlaigeann.

Mharbh Brus Eanraig de Bohun air beulaibh a h-uile duine – na h-Albannaich agus na Sasannaich. Ghabh na Sasannaich an t-uabhas nuair a chunnaic iad seo a' tachairt oir cha robh dùil aca gum biodh na h-Albannaich cho dàna agus cho gaisgeil.

Bha buaidh an latha leis an armailt aig Brus agus sheall iad cho èifeachdach 's a bha sioltronan a b'urrainn gluasad.

Bha na h-Albannaich air am brosnachadh gu mòr agus bha iad làn de mhòit an dèidh 's mar a mharbh an rìgh aca an ridire Sasannach. Shaoil iad nach cuireadh dad stad orra an ath latha.

A' CHIAD LATHA DEN BHLÀR: DIDÒMHNAICH 23 ÒGMHÌOS 1314

DÈAN SEO:

1. Lìon na bogsaichean gus an seall iad na h-àireamhan a bha san dà armailt.

	ALBANNAICH	SASANNAICH
EACHRAIDH		
SAIGHDEARAN-COISE AGUS BOGHADAIREAN		18000
AIR FAD		

2. Coimhead air a' mhap, fon tiotal 'A' Chiad Latha', a tha a' sealltainn làrach a' bhlàir, agus sgrìobh na seantansan seo, a' taghadh nam faclan cearta às na camagan:
- Bha an armailt aig Brus suidhichte (os cionn; ri taobh) an rathaid eadar Sruighlea agus an Eaglais Bhreac agus (an iar; an ear) air an rathad.
 - Bha cùl, no taobh an iar, na h-armailt Albannaich air a dhìon le (craobhan; loch)
 - Bha taobh a deas na h-armailt Albannaich air a dhìon le (beinn; talamh bog)
 - Cha bhiodh e furasta do dh'armailt Shasainn a dhol timcheall taobh seach taobh den armailt aig Brus oir gun robh (tuill; cnuic) air gach taobh den rathad.
 - Bha an armailt aig Brus air a cur an òrdugh ann an leithid de dhòigh 's gum biodh iad air chothrom an rathad eadar an Eaglais Bhreac agus Sruighlea (fhalach, a dhùnadh) air na Sasannaich.


A' CHIAD LATHA DEN BHLÀR: DIDÒMHNAICH 23 ÒGMHÌOS 1314

OBAIR-BHUIDHNEAN:




1. Mar bhuidheann beachdaichibh air:
 - Na dòighean anns an robh an suidheachadh a thagh Brus freagarrach airson na h- armailt aige.
 - Na rudan a rinn Brus airson a dhèanamh doirbh do na Sasannaich ionnsaigh a thoirt air an armailt aige.
 - Mar a chaidh Eanraig de Bohun a mharbhadh agus a' bhuidheann a bhiodh aig sin air an armailt Albannaich.
 - Mar a bhiodh armailt Shasainn a' faireachdainn an dèidh do Bhrus Eanraig de Bohun a mharbhadh.
2. Dèanaibh notaichean de na co-dhùnidhean aig a' bhuidheann agaibh.
3. Taghaibh neach-labhairt airson ur co-dhùnidhean agus ur beachdan innse don chlas. Feumaidh an neach-labhairt a bhith deiseil airson beachd sam bith a mhìneachadh ma thèid sin iarraidh.



BLÀR ALLT A' BHONNAICH, 1314




AN DÀRNA LATHA DEN BHLÀR: DILUAIN 24 ÒGMHÌOS 1314



RK: Raibeart Keith
 SC: Seumas Dùghlas
 TR: Tòmas Randolph
 EB: Eideard Brus
 RB: Raibeart Brus

-  Saighdearan is boghadairean Alba
-  Eachdraidh Alba
-  Saighdearan is boghadairean Shasainn

-  Eachraidh Shasainn
-  Talamh bog

-  100
-  Albannaich a' gluasad air adhart
-  Coille

AN DÀRNA LATHA DEN BHLÀR: DILUAIN 24 ÒGMHÌOS 1314

Latha meadhan an t-samhraidh, an 24mh den Ògmhios, bha na h-Albannaich deiseil. Bha iad ann an ceithir sioltronan a b' urrainn gluasad agus bha Raibeirt Brus, Seumas Dùghlas, Tòmas Randolph (Iarla Mhoireibh) agus Eideard Brus gan stiùireadh. Tuath orra bha Sir Raibeart Keith le buidheann beag de dh'eachraidh. (Lorg iad air a' mhap "An dàrna latha").

Nan aghaidh bha armailt mhòr Shasannach le armachd na b' fheàrr, ach bha iad ann an suidheachadh caran glaiste le Allt a' Bhonnaich deas orra agus Allt Pelstream air an taobh tuath. (Lorg na h-àiteachan sin air a' mhap "An dàrna latha"). Bha iad cuideachd sgìth oir bha air mèarsadh tuath à Dùn Èideann fad trì latha roimhe sin ri sìde theth agus le glè bheag de bhiadh no de dh'fhois.

Seach gum biodh muir-làn ann mu mheadhan na maidne, chan fhaigheadh iad thairis air Allt Pelstream no Allt a' Bhonnaich on a bhiodh an t-uisge ro àrd. Mar sin, bhiodh na h-Albannaich air chomas na Sasannaich a chumail ann an àite cho cumhang agus nach drachadh aca air gluasad mar a dh'ìarradh iad no mar a dh'fheumadh iad.

Mhèars trì sioltronan an aghaidh armailt Eideird an toiseach. Chuir e iongnadh mòr air na Sasannaich gun gabhadh na h-Albannaich orra fhèin mèarsadh an aghaidh armailt mar a bh' acasan. Nuair a chunnaic iad na h-Albannaich a' lùbadh an glùinean ann an ùrnaigh beagan cheudan slat mun coinneamh, bha dùil aig Eideard II an toiseach gur ann ag iarraidh tròcair a bha iad. Bha e gu math fada ceàrr.

Rinn eachraidh Shasainn deiseil airson ionnsaigh, ach chan fhaigheadh na saighdearan-coise no na boghadairean cothrom a dhol an sàs san t-sabaid oir bha iad air an glasadh aig a' chùl. Chan fhaigheadh na marcaichean tro loidhne shleaghan nan Albannach agus chaidh mòran de na h-eich aca a leòn le sleaghan. Shad na h-eich sin dhiubh na marcaichean agus chaidh an stampadh fon casan. Ruith na h-eich an uair sin air ais a-steach don chuid aghaidh den armailt a bh' air an cùlaibh agus rinn sin fiù 's barrachd de mhì-rian. Chan fhaigheadh na saighdearan-coise air adhart airson ionnsaigh a thoirt air an armailt Albannaich. Bha boghadairean Shasainn fhathast aig cùl na h-armailt, agus ged a leigeadh iad saigheadan air falbh bu dòcha nach ruigeadh iad an armailt Albannach agus dh'fhaodadh iad tuiteam air na saighdearan aghaidh aca fhèin. Chaidh comandair armailt Shasainn, Iarla Gloucester, a mharbhadh.

Mu dheireadh thall, fhuair beagan bhoghadairean òrdugh a dhol thairis air Allt Pelstream agus tòiseachadh air losgadh air buidheann Dhùghlais. Chunnaic Brus na bha a' tachairt agus chuir e air falbh Raibeart Keith leis an eachraidh Albannaich airson ruaig a chur orra. Chaidh leis na h-Albannaich cho math is gun do theich na boghadairean air ais a mheasg nan saighdearan-coise Sasannach. Nuair a thachair sin chaill na saighdearan-coise am misneachd cuideachd. Chuir Brus an uair sin an còrr de na saighdearan aige a shabaid còmhla ri Dùghlas, far an robh boghadairean Shasainn air milleadh mòr a dhèanamh, agus thòisich iad a' putadh nan Sasannach air ais. Chaidh soidhne an uair sin a thoirt do "na daoine beaga" tighinn a shabaid. Nuair a chunnaic iad "na daoine beaga", chaill na Sasannaich an dòchas agus am misneachd agus theich iad is iad an dùil gun robh armailt ùr Albannach a' tighinn nan aghaidh.

Ghlac na h-Albannaich a h-uile càil a dh'fhàg na Sasannaich nuair a theich iad. Bha luach £200,000 ann uile-gu-lèir agus b' e suim mhòr, mhòr de dh'airgead a bha sin aig an àm. Am measg na bh' ann bha soithichean òir is airgid, cisteachan de dh'airgead airson na saighdearan a phàigheadh, armachd, aodach anairt is sìoda, crodh, caoraich agus eich. Roinn Brus a h-uile càil a chaidh fhàgail am measg nan daoine aige agus chanadh iad air sàillibh sin gun do "dh'fhàs Alba beairteach ann an latha."

An àite nan uaislean a chaidh a ghlacadh, fhuair Brus air ais a bhean, Ealasaid, a nighean, Marsaili, a phiuthar Màiri agus Raibeart Wishaw, Easbaig Ghlaschu.

Cha do dh'fhuiling dùthaich riamh uiread de thàmailt 's a dh'fhuiling Sasainn aig Blàr Allt a' Bhonnaich.

AN DÀRNA LATHA DEN BHLÀR: DILUAIN 24 ÒGMHÌOS 1314

Sgrìobh an tiotal agus an earrann seo nad leabhar agus lìon na beàrnan le faclan às a' bhogsa gu h-ìosal (Faodaidh tu an aon fhacal a chleachdadh barrachd is aon uair):

Suidheachadh armailt Shasainn

Feadh na h-oidhche champaich an armailt eadar Allt a'
 agus Allt Air taobh a tuath Allt bha an talamh
 agus bhiodh e doirbh do dhaoine, agus gu h-àraidh don eachraidh, a bhith a' air.
 Deas orra agus air an bha Allt a' Air an taobh an
 bha an armailt aig Brus agus an aghaidh ris na Sasannaich. Bha an talamh eadar Allt a'
 agus Allt gu math Mar sin, cha robh mòran cothrom aig
 armailt Shasainn a bhith a' air. Bha na Sasannaich air talamh na b' na na
 h-Albannaich agus dh'fheumadh iad a dhol gus ionnsaigh a thoirt air na h-Albannaich.

gluasad

Pelstream

bog

ìsle

Bhonnaich

suas

Shasannach

iar

cùlaibh

cumhang

DEALBH-CHLUICH

BLÀR ALLT A' BHONNAICH

- Mar chlas, leughaidh an dealbh-chluich a leanas.
- Bheir an dealbh-chluich sealladh dhuibh air mar a thachair aig Blàr Allt a' Bhonnaich.

Cluicheadairean: Fear-faire

An Rìgh, Eideard Brus

Teachdaire

Sgeulaiche

A' chiad saighdear

An dàrna saighdear

Moubray

An Rìgh, Eideard II

Ridire

BLÀR ALLT A' BHONNAICH

Sealladh I – An campa aig Eideard Brus taobh a-muigh Caisteal Shruighlea.

Fear-faire	A Rìgh, tha teachdaire air tighinn on Ridire Tòmas Randolph.
Eideard Brus	Thoir a-steach e gus an cluinn sinn a naidheachd.
Teachdaire	A Rìgh, tha deagh naidheachd agam dhuibh. Tha an Ridire Tòmas Randolph air buaidh fhaighinn air Caisteal Dhùn Èideann.
Eideard Brus	'S e fìor dheagh naidheachd a tha sin gu deimhinn. A-nis chan eil ach dìreach Sruighlea fhèin ann an làmh an nàmhaid. Faodaidh sinn a-nis tuilleadh chùmhnanntan a chur air Moubray 's air na càirdean Sasannach aige. Bheil guth air armailt Eideard a bhith a' tighinn gu tuath?
Teachdaire	Tha, a Rìgh, tha e coltach gu bheil iad a' tighinn aig astar mòr, e fhèin agus armailt mhòr, uabhasach. Tha mòran eachraidh agus bhoghadairean aige. Tha cuid ag ràdh gu bheil 20,000 san armailt aige.

Sgeulaiche *Ghluais armailt Eideird II gu luath agus ràinig e an Eaglais Bhreac air an 22mh den Ògmhios. Cha robh air fhàgail ach dà latha mus feumadh Moubray agus a shaighdearan Sasannach Caisteal Shruighlea fhàgail. Bha na h-Albannaich air cruinneachadh a-nis agus bha an Rìgh, Raibeart Brus, air àite a thaghadh gu gleusta air an rathad mhòr eadar an Eaglais Bhreac agus Sruighlea, aig Allt a' Bhonnaich. Dh'fheumadh na Sasannaich dèanamh dìreach air na h-Albannaich gus faighinn gu Sruighlea – rud a bhiodh glè dhoirbh leis na bh' ann de chraobhan agus de shluic – air neo feuchainn ri dhol timcheall air iomall na h-armailt Albannaich, tarsainn air an talamh bhog faisg air Abhainn Fhoirthe. Air an 23mh den Ògmhios thug an dà armailt an aghaidh air a chèile.*

Sealladh II – Tha Ràibeart Brus, an Rìgh, air chuairt air beulaibh na h-armailt aige, a' brosnachadh agus a' misneachadh nan saighdearan aige.

- A' chiad saighdear Seall, tha na Sasannaich a' tighinn nas fhaisge oirnn.
- An dàrna saighdear Tha, agus, mo chreach, seall na tha ann dhiubh. Tha mi an dòchas gur e an fhìrinn a tha aig an Rìgh – nach eil iad buileach deiseil airson a dhol a shabaid.
- A' chiad saighdear Ach seall thusa. Tha fear de na ridirean Sasannach a' dol a thoirt ionnsaigh air an Rìgh. Tha e a' gabhail dìreach thuige.
- An dàrna saighdear Tha, 's chan eil a chuid armachd no an t-each-cogaidh aig an Rìgh. Tha eagal orm gu bheil e ullamh...
- A' chiad saighdear Chan eil idir. Seall siud! Cha do rinn an Sasannach dad dheth. Bhuail an Rìgh mun chlaigeann e leis an tuaigh aige.
- An dàrna saighdear Siud thu fhèin! Tha thu ceart. Seall, tha an Sasannach na shineadh! Tha e na shineadh! (Tha iad uile a' glodhaich leis an toileachas.)
- Sgeulaiche *Aig an aon àm, ann an àite eile, cha mhòr nach d' fhuair cuid den eachraidh Shasannaich timcheall air armailt Bhruis airson faighinn gu Caisteal Shruighlea. Ach chunnaic an Ridire Tòmas Randolph iad dìreach na uair airson faighinn air thoiseach orra. Bha sabaid gheur ann ach chuir Randolph stad orra leis na sioltronan aige. Theich an eachraidh Shasannach air ais. Chaill na Sasannaich mòran shaighdearan agus cuid de na h-uaislean aca.*

Sealladh III – Campa Eideird II

- Eideard Chan eil naidheachd agam ach droch naidheachd. Ach air a shon sin feumaidh sinn leantainn oirnn gu Sruighlea.
- Moubray A Rìgh, tha fhios nach eil adhbhar dhuinn tuilleadh Sruighlea a ruigheachd oir tha an ionnsaigh seo a cheart cho math ri Caisteal Shruighlea a shaoradh.
- Eideard Chan eil idir, a Chonstabail. Air sgàth mo chliù, feumaidh mi Sruighlea fhèin a ruigheachd. A bharrachd air sin feumaidh sinn biadh is uisge a lorg airson nan saighdearan againn. 'S e m' òrdugh a-nis gun tèid sinn air adhart a-nochd, gus a bhith ann an suidheachadh nas fheàrr airson Sruighlea a shaoradh. Saoil càit an campaich sinn, ma-tà, a Chonstabail?
- Moubray A bheil sibh cinnteach, a Rìgh, gum biodh e glic dhuinn a dhol nas fhaide air adhart? Tha na saighdearan air an claidh leis na rinn iad de choisreachd o chionn dhà no trì lathaichean. Agus tha e coltach gu bheil na h-Albannaich a' faighinn deiseil airson ionnsaigh a thoirt oirnn tron oichdhe.

Eideard	Na bi ag argamaid ri do Rìgh! Inns dhomh càit a bheil sinn a’ dol a champachadh a-nochd.
Moubray	’S e mo bheachd-sa, ma-tà, sinn a dhol a-null air Allt a’ Bhonnaich agus talamh cruaidh a lorg air an taobh thall, ma tha sin ri lorg ann.
Sgeulaiche	<i>Mar sin, ghluais armailt Eideird an ear agus a-null air Allt a’ Bhonnaich. Champaich iad air pìos de thalamh ìosal, cumhang, eadar Allt a’ Bhonnaich agus Allt Pelstream. Dh’ullaich na h-Albannaich iad fhèin gus a dhol an sàs annta. Chaidh a’ chomhairle seo a thoirt do Bhros: “Seo an t-àm agus seo an uair, agus bidh Alba saor.” Chuir e a’ chuid mhòr den armailt aige ann an òrdugh mu choinneamh nan Sasannach agus e fhèin air an cùlaibh gus cuideachadh a thoirt dhaibh. Bheireadh iad ionnsaigh air na Sasannaich ann am beul an latha, an dèidh an ùrnaighean.</i>

Sealladh IV – Eideard II a’ coimhead air na h-Albannaich air an glùinean ag ùrnaigh.

Eideard	Seallaibh orra, air an glùinean ag iarraidh mathanas!
Ridire	Tha, a Rìgh, air an glùinean ag iarraidh mathanas ach chan ann oirbhse. ’S ann a tha iad an dùil ionnsaigh a thoirt oirnn.
Eideard	’S ann gun teagamh, tha iad a’ tighinn oirnn. Nach ann orra a tha an aghaidh! Sèidibh na trompaidean agus dèanaibh deiseil airson a’ bhlàir.
Ridire	Nach leig sinn oirnn gu bheil sinn a’ teicheadh agus nuair a bheir iadsan ionnsaigh oirnn, tionndaidhidh sinn agus thig sinn orra gun fhiosta dhaibh.
Eideard	Cha dèan sinn sin a-muigh no a-mach. Chan eil mi airson gum bi aig duine ri ràdh gun do theich mise ro ghràisg den t-seòrsa seo.
Sgeulaiche	<i>Agus, mar sin, thug na Sasannaich ionnsaigh air na h-Albannaich “agus thuit eich mhòra nan Sasannach air sleaghan nan Albannach mar gum b’ e coille dhlùth a bh’ annta agus dh’èirich glaothaich uabhasach air sgàth nan sleaghan briste agus na h-eich leònte.” Thòisich an uairsin na boghaidearan Sasannach air ionnsaigh a thoirt air a’ bhuidheann aig Dùghlas.</i>
Brus	Mo thruaighe, mo thruaighe! Cuiridh na boghaidearan ud às do na saighdearan aig Dùghlas. Thig an seo, a theachdaire.
Teachdaire	Seadh, a Rìgh.
Brus	Dèan cabhag far a bheil an eachraidh againn. Can ris a’ cheannard aca, an Ridire Raibeart Keith, gu bheil mise a’ toirt òrdan dha ionnsaigh a thoirt air na boghaidearan Sasannach ud thall leis an eachraidh aige. Can ris gu bheil mo dhùil is mo dhòchas an crochadh ris an-diugh.
Sgeulaiche	<i>Rinn Raibeart Keith mar a dh’òrdaich Brus agus, beag air bheag, phut an eachraidh Albannach na boghadairean Sasannach air ais agus thòisich iad air teicheadh. Aig an aon àm nochd “na daoine beaga”. Shaoil na Sasannaich gur e armailt Albannach eile a bha seo agus thug iad suas an t-sabaid. Theich Eideard fhèin gu Sruighlea agus às a sin gu port mara. Fhuair e air ais a Shasainn ann am bàta. Theich an armailt Shasannach air fad, a’ fàgail às an dèidh na thug iad leotha gu tuath. Bha a’ bhuaidh le Eideard Brus, Rìgh na h-Alba, agus bha Alba saor!</i>

AN DÀRNA LATHA DE BHLÀR ALLT A' BONNAICH

DÈAN SEO:

1. A' cleachdadh an teacsa agus am map "An dàrna latha", dèan liosta de gach adhbhar a mhìniceas carson a bhuannaich na h-Albannaich Blàr Allt a' Bhonnaich.
2. Leig ort gun robh thu an làthair aig Allt a' Bhonnaich air an 24mh den Ògmhios, 1314, agus sgrìobh aithisg air na thachair.

Dh'fhaodadh d' aithisg a bhith mar:

- litir gu caraid, a' toirt iomradh sìmplidh air na thachair, na chunnaic thu, agus mar a tha thu fhèin a' faireachdainn.
- artaigil pàipear-naidheachd le ceann-naidheachd.

Cleachd notaichean, duilleagan-obrach, an leabharlann agus an t-eadar-lìon airson do chuideachadh.

Sgeadaich d' aithisg le dealbhan agus diagraman, mas urrainn dhut.

[’S dòcha gum bi e feumail dhut sùil a thoirt air na notaichean air an ath dhuilleig.]

BLÀR ALLT A' BHONNAICH FIOSRACHADH/NOTAICHEAN

- Is dòcha gun cuidich seo thu a' sgrìobhadh d' aithisg air na thachair.

22 Ògmhios 1314

Ghluais Brus an armailt aige gu taobh Cnoc Chocsaid, eadar an cnoc agus an rathad gu Sruighlea.

Chaidh tuill a chladhach air gach taobh den rathad gus toirt air an armailt Shasannach fuireach air an rathad, nan sreath fada caol. Chaidh spicean biorach a sgapadh air an talamh gus casan nan each Sasannach a leòn nam fàgadh iad an rathad.

23 Ògmhios 1314

Nochd eachraidh nan Sasannach deas air Cnoc Chocsaid.

Thug ridire Sasannach, Eànraig de Bohun, ionnsaigh air Brus. Mharbh Brus e.

Dh'fheuch 300 de dh'eachraidh Shasainn ri faighinn gu Caisteal Shruighlea ach chuir saighdearan-coise Albannach ann an sioltronan stad orra le sleaghan anns an robh 15 troighean a dh'fhaid.

Ràinig armailt mhòr Shasainn feasgar. Dh'fhàg iad an rathad agus champaich iad air an talamh ìosal, chumhang eadar Allt Pelstream agus Allt a' Bhonnaich.

24 Ògmhios 1314

Am beul an latha, ghluais Brus an armailt aige a-nuas bho Chnoc Chocsaid don bheàrn eadar Allt Pelstream agus Allt a' Bhonnaich.

Thug eachraidh Shasainn ionnsaigh air na h-Albannaich ach chaidh an tilleadh le sleaghan fada nan Albannach.

Chaidh boghadairean Sasannach a-null air Allt Pelstream agus rinn iad call mòr air na h-Albannaich.

Thug Brus òrdugh don eachraidh aige ionnsaigh a thoirt air boghadairean Shasainn agus an sgapadh. Rinn iad sin. Theich na boghadairean Sasannach.

Chuir na h-Albannaich eachraidh nan Sasannach an comhair an cùil air muin nan saighdearan-coise aca. Bha armailt Shasainn gun smachd dhòigheil is gun rian agus bha na saighdearan a' dol sa rathad air a chèile.

Nochd an uair sin na "daoine beaga". Bha dùil aig na Sasannaich gur e armailt Albannach eile a bha seo, agus chaidh iad nam boil leis an eagal.

Theich Rìgh Shasainn, Eideard II, às a' bhlàr. Bha mòran de na saighdearan aige air am marbhadh, air am bàthadh anns na h-uillt agus anns na boglaichean, no air an glacadh. Bha a' bhuaidh le Brus.

BLÀR ALLT A' BONNAICH: STÒRAN EACHDRAIDHEIL

STÒR A:

Brus a' brosnachadh a shaighdearan ro Bhlàr Allt a' Bhonnaich.

"Tha sinn an làn dùil, 's chan ann gun adhbhar, gun tèid leinn gu math, oir tha ceartas air ar taobh. Tha sinn a' strì airson ar beatha fhèin, airson ar cloinne, ar mnathan agus saorsa ar dùthcha. Bithibh treun, tapaidh a' dol an coinneamh ur nàimhdean. Cumaibh ann an sreathan slàna gus an cuir sibh aghaidh air ur nàimhdean gu calma le ur sleaghan an uair a bheir iad ionnsaigh oirbh. Dh'fhaodadh beatha shocair a bhith agaibh nur tràillean ach a chionn 's gun robh miann mòr agaibh a bhith saor tha sibh an seo còmhla riumsa an-diugh."

1. Inns carson a bha Brus a' creidsinn gum biodh a' bhuidh leis an armailt aige.
1. Dè a' chomhairle a bha Brus a' toirt do na saighdearan aige ron bhlàr?
2. An e **bun-stòr** no **stòr leasaichte** a tha seo? Minich do fhreagairt.

STÒR B:

Tha an stòr seo air a thogail à Seanchas Uilleim Nangis.

A chionn 's gun robh an armailt Albannach na bu lugha na an armailt aigesan, bha dùil aig Rìgh Eideard gum biodh a' bhuidh leis fhèin. Ach chaidh an armailt aige a cur às a chèile. Is ann air èiginn a fhuair e fhèin teicheadh. Bha na h-Albannaich ann an deagh òrdugh oir bha ceannard sgileil aca. Bha iad cinnteach gum biodh a' bhuidh leothasan. Chaidh Iarla Ghloicester agus mòran eile a mharbhadh agus chaidh mòran de na h-uaislean mòra a ghlacadh mar phrìosanaich – agus cheannaich iad an saorsa a-rithist le tòrr airgid.

3. Dè bu chuireach gun tug na h-Albannaich buaidh air na Sasannaich?
4. Dè a' bhuanachd a thug na h-Albannaich às a' bhlàr?

STÒR C:

Tha an stòr seo air a thogail à *Chronicle of the People of Scotland* le Iain Fordun.

Chaidh mòran uaislean a mharbhadh agus chaidh mòran a bhàthadh anns na h-uisgeachan agus a mhurt anns na sluic. Bhàsaich mòran, ann an iomadach dòigh agus chaidh mòran uaislean a ghlacadh mar phrìosanaich. Chaidh prìs a chur orra sin agus, air sàillibh sin, fhuair a' Bhanrigh agus prìosanaich Albannach eile ma sgaoil agus dh'fhàs na h-Albannaich fhèin beairteach cuideachd.

5. Minich mar a fhuair mòran de dh'uaislean Shasainn bàs aig Allt a' Bhonnaich.
6. Ciamar a tha Stòr B agus Stòr C ag aontachadh ri chèile?

GLAODHACH OBAR BHROTHAIG

Ann an a' bhliadhna 1322 dh'aontaich Raibeart agus Eideard II ri fois-cogaidh. An ceann sia bliadhna (1328) chuir iad an ainmean ri cùmhnant-sithe Dhùn Èideann. A dh'aindeoin sin, dhiùlt am Pàp gabhail ri Brus mar rìgh dligheach Alba. Rinn teachdairean Sasannach aig Cùirt a' Phàp glè chinnteach gum biodh cuimhne aig daoine air Brus mar neach a mhurt nàmhaid ann an eaglais.

Ann an 1319 thuirt am Pàp nach faodadh Brus tuilleadh a bhith na bhall den eaglais, a' ciallachadh gun deach a chur a-mach às an Eaglais. Chuir am Pàp *interdict* air Alba. Bha seo a' ciallachadh nach biodh cead aig sagartan ann an Alba a bhith os cionn shàcramaidean mar bhaisteadh no seirbheis tiodhlacaidh. Is e gnothach air leth cudromach a bha seo ann an rìoghachd Chrìosdail anns na meadhan-aoisean.

Sgrìobh na h-Albannaich trì litrichean chun a' Phàp a' feuchainn ri chur na cheann gur e Brus rìgh dligheach Alba. Chuir Brus fhèin air falbh a' chiad litir agus sgrìobh Easbaig Chill Rìmhinn an dara tè. B' e an treas litir bu chudromaiche, ge-tà. B' i seo litir a chuir ochd iarlaichean agus trithead sa h-aon barain an ainmean ris ann an Obar Bhrothaig air 6 An Giblean 1320. Canar Glaodhach Obar Bhrothaig ris an litir seo.

Chaidh a sgrìobhadh às leth nam baran gu lèir, agus "a' choimhearsnachd air fad no daoine cumanta na rìoghachd". Bha seo airson sealltainn gun robh muinntir na h-Alba gu lèir a' gabhail ri Brus mar an rìgh dligheach aca.


Dh'inns an litir gun robh Alba air a bhith riamh na rìoghachd shaoir. Chuir i a' choire air Sasainn airson nan cogaidhean agus thuirt i gun deach Rìgh Raibeart a ghairm le Dia airson saorsa a thoirt air ais do a shluagh. Thuirt a' phàirt a b' ainmeile san litir, ge-tà, nan gabhadh Brus gu bràth ris na Sasannaich mar uachdarain air Alba nach biodh e tuilleadh na rìgh. Bha na h-Albannaich a' sabaid mar dhùthaich airson an saorsa, agus cha b' ann airson aon duine.

An toiseach cha tug an litir mòran buaidh air a' Phàp, ach an 1324 ghabh e ri Brus mar rìgh dligheach agus, còig bliadhna às dèidh sin, cheadaich e gum biodh a mhac Daibhidh air ungradh mar Rìgh na h-Alba.

DÈAN SEO:

1. Carson a chaidh Glaodhach Obar Bhrothaig a sgrìobhadh?
2. Dè bha na h-Albannaich a sgrìobh an litir seo a' feuchainn ri dhèanamh?
3. Ciamar a bha Glaodhach Obar Bhrothaig a' feuchainn ri toirt air a' Phàp taic a thoirt do mhuintir na h-Alba an àite e bhith a' toirt a thaise do na Sasannaich?
4. Carson a tha cuid ag ràdh gur e Glaodhach Obar Bhrothaig am pàipear as cudromaiche ann an eachdraidh na h-Alba?
5. Dealbhaich seula-cèir dhut fhèin – mas fhìor gun do chuir thu fhèin d' ainm ri Glaodhach Obar Bhrothaig.

GLAODHACH OBAR BHROTHAIG 1320



Gu ar n-Athair Naomh agus ar Tighearna ann an Crìosd, an Tighearna Iain le Freastal Naomh Prìomh Easbaig Eaglais na Ròimhe agus na h-Eaglais Choitchinn... bho na h-uachdarain, na barain, luchd-fearainn shaor agus a' choimhearsnachd air fad, no daoine cumanta Rìoghachd na h-Alba.

...Chaidh an rìoghachd seo a riaghladh gun bhriseadh le 113 rìghrean, gach fear dhiubh den teaghlach rìoghail againn fhèin, gun choigreach a' gabhail gnothach rinn.

...Gu ruige seo tha ar dùthaich air a bhith beò ann an saorsa agus sìth, fo dhìon ar rìghrean, gus an tàinig Rìgh Eideard, ann an riochd a bhith càirdeil agus dàimheil, gar leòn agus gar cur sìos, nuair a bha sinn gun rìgh, gun cheannard, agus nuair nach robh ar slugh cleachdte ri cogadh agus ionnsaighean.

...Tha e do-dhèante cunntas a thoirt air na leòintean, an dòrtadh-fala agus a' bhrùidealachd, an losgadh, am marbhadh agus an spùinneadh a chaidh a dhèanamh air ar daoine naomh agus air ar taighean-adhraidh, agus air gach iomadh borbachd a rinn an rìgh ud air ar daoine, gun sùim do ghnè, do dh'aois no do chreideamh.

...Aig a' cheann thall, bha Dia toilichte ar saorsa a thoirt dhuinn air ais bho na h-uabhasan seo, le ar prionnsa treun, ar rìgh agus ar tighearna Raibeart, a dh'fhuiling gach seòrsa cruaidh-chàs, sgìths, cruadal agus cunnart, fhad 's a bha e a' saoradh a dhaoine agus an oighreachd aige fhèin, air an robh e airidh, bhon nàmhaid.

...Tha sin fo fhiachaibh do ar tighearna Raibeart, an duine a thug sàbhailteachd air ais don t-sluagh le bhith a' dìon an saorsa. Na dhèidh seo, ma dhìochuimhnicheas am prionnsa na prionnsabalan aige agus gun aontaich e gu bràth sinne no ar rìoghachd a chur fo riaghladh rìgh, no muinntir, Shasainn, feuchaidh sinn gun dàil ri fhuadach, agus rìgh eile a thaghadh a dhionas ar saorsa. Fhad 's is beò ceud againn, cha ghèill sinn gu bràth, air chùmhnanntan sam bith, do riaghladh Shasainn. Oir chan ann airson glòir, beairteas no urram a tha sinn a' sabaid, ach airson saorsa a-mhàin, nach dealaich duine math sam bith ris ach le a bheatha.

SAORSA, SÌTH AGUS BÀS RÌGH RAIBEIRT

Ged a bha a' bhuaidh leis na h-Albannaich aig Allt a' Bhonnaich cha do chuir sin stad air strì agus cogaidhean eadar Alba agus Sasainn. Mhair an t-strì eadar an dà dhùthaich gu 1328. A' bhliadhna sin, chuir Brus ainm ri cùmhnant-sithe ann an Dhùn Èideann, agus dà mhìos às dèidh sin ghabh pàrlamaid Shasainn ris a' chùmhnant sin ann an Northampton. Canar an dà chuid Cùmhnant Dhùn Èideann agus Cùmhnant Northampton ris. Leig na Sasannaich seachad còir sam bith a bha iad den bheachd a bh' aca air crùn na h-Alba agus ghabh Eideard III, rìgh ùr Shasainn, ri Raibeart Brus mar Rìgh Alba.

Bliadhna an dèidh sin, chaochail Brus aig aois caogad 's a còig. Chaidh a thiodhlacadh ann an Abaid Dhùn Phàrlain, ach chaidh a chridhe a chur ann an soitheach airgid agus thug a charaid, an Ridire Seumas Dùghlas, leis e gu cogadh-croise anns an Spàinn. Chaochail Dùghlas san Spàinn agus e a' cogadh an aghaidh nam Moors ach chaidh an cridhe aig Brus a thoirt dhachaigh a dh'Alba agus a thiodhlacadh ann an Abaid Mhaolrois. B' e an dìleab a dh'fhàg e aig a mhac, Daibhidh II, agus aig sluagh na h-Alba, dùthaich neo-eisimeileach a bha saor bho riaghladh Shasainn agus aig sìth ri Sasainn.

DÈAN SEO:

1. Sgrìobh an earrann seo agus lìon na beàrnan le faclan às a' bhogsa gu h-ìosal. Faodaidh tu facal a chleachdadh barrachd is aon turas.

Ged a bhuannaich na h-Albannaich Blàr Allt a' Bhonnaich, le air an ceann, chan eil sin a' ciallachadh gun robh Alba agus a-nis aig sìth ri chèile. Chaidh bliadhna seachad às dèidh Blàr Allt a' Bhonnaich, agus bliadhna às dèidh Glaodhach mus do ghabh am Pàpa ri mar Rìgh Alba. Lean na cogaidhean ri Sasainn orra gu 1328. Anns a' bhliadhna sin chaidh sìth a dhèanamh airson greiseig le Cùmhnant Chan fhaca mòran den t-sìth sin oir chaochail e an ath bhliadhna, ann an

Brus

Sasainn

Allt a' Bhonnaich

deich

1329

ceithir

Obair Bhrothaig

Dhùn Èideann